

A SYSTEM
OF *Blair. 426.*
SABBATH LESSONS

FOR SCHOOLS AND FAMILIES :

ON THE SHORTER CATECHISM AND THE HOLY SCRIPTURES,
WITH A SHORT EXAMINATION ON EACH QUESTION.
CONTAINING A LESSON FOR EVERY SABBATH IN THE YEAR,
(*As used in St. Stephen's Schools, Edinburgh.*)

PART I.

WITH A RECOMMENDATORY LETTER

BY THE REV. DR MUIR,
MINISTER OF ST. STEPHEN'S, EDINBURGH.

TRANSLATED FROM ENGLISH INTO GAELIC

BY JOHN FORBES,

Teacher of Gaelic and English, Normal School of Edinburgh : Author of
The Double Grammar of English and Gaelic ; Honorary Member of
the Ossianic Society of Glasgow, and of the Gaelic Society of London,
&c. &c.

EDINBURGH :

MACLACHLAN, STEWART, & CO. ;

GLASGOW, J. & P. CAMPBELL : INVERNESS, J. SMITH :
DINGWALL, J. KEITH : OBAN, J. MILLER.

MDCCCXLV.

Price Fourpence-Halfpenny.

E. S. Murray
CO-RIAN

January 1889

DE 'LEASANAIBH SÀBAID

AIR-SON

SGOILEAN AGUS THEAGHLAICHEAN:

AIR LEABHAR AITH-GHEARR NAN CEIST AGUS NA SGRIOBTURAN NAOMHA,

MAILLE-RI CEASNACHADH GOIRID AIR GACH CEIST.

ANNS AM BEIL LEASAN AIR-SON GACH SABAID 'S A' BHLIADHNA,

(*Mar thàtar a' gnàthachadh ann an Sgoilibh Naoimh Stéphain
'an Dunéidin*)

I EARRAN.

AGUS FOCAL DO 'N LEUGHADAIR

LEIS AN UR^H. AN T-OLLAMH MUIR,

MINISTEAR NAOIMH STEPHAIN, 'AN DUNÉIDIN.

EADAR-THEANGAICHTE O'N BHEURLA,

LE IAIN FOIRBEIS,

TEAGASGAIR GAÈLIG 'US BEURLA 'an Sgoil Riaghlaidh Dhunéidin;
Ughdar A' Ghràmair Dhùbailt: Bàll Urramach de Chomunn Oisean-
ach Ghlaschò, 's de Chomunn na Gaèlig 'an Lunnainn, &ce. &ce.

DUNÉIDIN:

MAC-LACHLAINN, AN STIUBHARTACH 'S AN CUIDO:


GLASCHO: I. & P. CAIMBEUL: IONARNIS: S. GOBHA:

IONARFÈDRAN: S. CÉITEACH: ÒBAN: S. MILLER.

MDCCCXLV.

O'n chaidh an Leabhar so a chlo-bhualadh thàinig tòirt ùr (new edition) de'n obair a-mach annsa' Bheurla. Is ceart so 'ainm-eachadh chum gu'n tuig an léughadair air-bàll, aobhar eadar-dhealachaidh sam-bith, a dh'-f haodas a bhi eadar e so, 's am fear Beurla mu-dheireadh.

Cuirear a-mach an DARA EARRAN de'n obair so ann an GAELIG, cho luath agus a bheir freasdal Dé comas.



FOCAL DO'N LÉUGHADAIR.

GU-H-ARÁID DO NA GAÉIL ÒGA.

MO CHAIRDEAN GRÁDHACH,

Ceadaichibh dhomh innseadh dhùibh gu'm beil deadh aobharan ànn, air-son iarraidh oirbh, cho dùrachdach, “Leabhar Aith-Ghearr nan Ceist” ’ionnsachadh.

Is leabhar naomh e. Chuireadh e ri-chéile le daoine fíor ‘naomh agus fíor dhiadhaidh. Is e aon de na cobhairibh a’s fearr a’s urrainn sibh fhaotainn chum sligh na slainte ‘dheanamh soilleir dhùibh. Is meadhon òirdheirc e, chum na fírinnean luachmhor a ta anns a’ Bhìobull a thasgadh suas ann bhur cùine, ann an òrdugh soilleir, grinn. Agus ma dh’-ionnsaichear Leabhar nan Ceist dhùibh, gu-ceart, gheibh sibh e dìreach, coltach ri Gràmar do chàinnt. Ullaichear sibh leis, gu dol air bhur n-aghaidh na’s faide, ‘s na’s faide, ann an eòlas, gràdh, ‘us gnàthachadh an t-Soisgeil.

Feuchaibh, ma-ta, ri stàmp nan nithe a ta Leabhar nan Céist a’ teagasg dhùibh, a shuidheachadh gu-moch air bhur cridheachan. Gabhaibh an còradh a ta agaibh a-nis anns a’ Cho-’rian so de ‘Leasanaibh air an *Leabhran phrìseil*. Coimeasaibh *tect* ri *tect* am-measg nan earranan de ‘n Sgrìobtur a thugadh air bhur son an-so. Seallaibh ri gach sreath. Smauinichibh air gach focal. Deanaibh dìch-oll air gach pùng de’n teagasg mhath so, a chaidh ullachadh air bhur son, ionnsachadh gu-glan. Agus os-ceann gach uile ni, bithibh ag ùrnuigh ri Dia,—e na nithe a ta Leabhar nan Ceist ag innseadh dhùibh a shocrachadh gu-bunaiteach air bhur n-inntinnibh le a spiorad.

Tha e a’ teagasg dhùibh gur i crìoch àraid an ùinè, Dia a ghlòrachadh agus a mhealtainn gu-bràth. Is e so fíor chuibhroinn bhur n-anama—a’ chuibhroinn a’s còir dhùibh iarraidh gu-moch,—a bhuanachd gu-moch,—a ghabhail,—aithneachadh,—agus a’ chumail gu-teann; fada mu’n tig na droch ‘làithean anns an abair sibh mu na h-uile nithibh air thalamh, “cha n-’eil tlachd ànnta.” O thoiribh do bhur Dia agus do bhur Slànuighear ceud thoradh bhur bith. Iarraibh e gu-moch agus gheibh sibh e. Is slighean subhachais a shlighean-sa agus is sìth a chéuman uile.

Is Mise

Mo Chàirdean Gràdhach

Bhur Caraid Dìleas-se

UILLEAM MUIR,

Ministear Naoimh Stéphain
’an Dunéidin.

Dunéidin,
An 7-mh de Shràid Dhanubc }
An Treas Mios 1845. }

Ùrnuigh, air dol a-steach do Thigh Dhé.

A Thighearna dean mise fìor stòlda anns an Tigh Urnuigh so. Fosgail-sa mo shùilean chum gu'm faic mi THUSA 's an àit so. Fosgail-sa mo chluasan chum gu 'n cluinn mi cìod tha AGAD ri ràdh 'rium agus fosgail-sa mo chridhe chum gu 'n gabh mi h-ugam D' FHRINN le a 'gràdh. Agus O deònach gu 'm mothaichear leam nach àit air-bith so, ach Tigh Dhé agus fìor gheata nèimh,—air sgà Iosá Criòsd. Amen.

Ùrnuigh, air dol do'n Sgoil Shàbaid.

A Tighearna! beannaich mise air an oìche so, ann mo Sgoil Shàbaid. Cuir a-mhàin Do Spiorad Naomh air mo Theagasgairean, air mo chompanaich agus orm-féin Deònaich dhòibh-san, a ta 'teagasg a bhì iar an teagasg Leat-sa, agus deònaich dhuinn-ne a ta 'g ionnsachadh a bhì air ar deanamh comasach air D' fhocal naomh a ghabhail le creideamh 'us le gràdh,—a thasgadh suas ann ar cridhe agus a chleachdadh ann ar caith-beatha,—air sgà Iosá Criòsd. Amen.

Ùrnuigh an Tighearna.—Mata vi. 9—13.

Ar n-Athair a ta air nèamh, Gu naomhaichear d'ainm. Thigeadh do 'rioghachd. Deanar do thoil air thalamh mar a nithear air nèamh. Tabhair dhuinn an diugh ar n-aran làthail. Agus maith dhuinn ar fiacha, amhail mar a mhaitheas sinn d' ar luchd-fiach. Agus na leig 'am buaireadh sinn, ach saor sinn o olc: Oir is leat-sa an rioghachd, agus an cumhachd, agus a' ghlòir, gu-slòruidh. AMEN.

A' Chrèud.

Tha mi a' creidsinn ann an Dia an t-Athair Uile chumhachdach, Cruithear nèimh agus na talmhainn; agus ann an Iosa Criòsd, 'aon Mhac-san, ar Tighearn, neach a ghineadh o'n Spiorad Naomh, a 'rugadh leis an Oigh Muire, a dh'-fhuiling fo Phontius Pilat, a chéusadh, a fhuair bàs agus a dh'-adhlaiceadh, a chaidh sìos do staid nam marbh, a dh'-eirich a-ris, o na marbhaibh air an treas là, a chaidh suas air nèamh, agus a ta 'n a shuidhe air deas làimh Dhé an Athar Uile-chumhachdaich, agus á sin a thig a thoirt breth air na beòthaibh agus air na marbhaibh. Tha mi a' creidsinn ann an Spiorad 'Naomh, anns an Eaglais 'naoimh choitcheonn, ann an co-chomunn nan naomh, ann am maitheanas peacaidh, ann an aiseirigh a' chuirp, agus anns a' bhèatha mhaireanaich. AMEN.

NA CINN.

THE CONTENTS.

	Taobh.		Page.
<i>Focal do'n Léughadair,</i>	iii	<i>A Word to the Reader,</i>	iii
<i>Urnuigh, air dol a-steach do Thigh Dhé,</i>	iv	<i>Prayer on entering the House of God,</i>	iv
<i>Urnuigh, air dol do'n Sgoil Shà-baid,</i>	ion.	<i>Prayer on going to the Sabbath School,</i>	ib.
<i>Urnuigh an Tighearna,</i>	ion.	<i>The Lord's Prayer,</i>	ib.
<i>A Chrèud,</i>	ion	<i>The Creed,</i>	ib.
—			
Crioch àraid an duinè,	1	The chief end of man,	1
'Rinneadh an duine gu Dia a ghlòrachadh,	ion.	Man was made to glorify God,	ib.
'Rinneadh an duine gn Dia a mhealtainn,	3	Man was made to enjoy God,	3
An riaghailt a thugadh gus an duine 'threòrachadh,	4	The rule given to direct man,	4
Dia,	5	God,	5
Cha n-'eil ànn ach aon Dia,	6	There is but one God,	6
Trì pearsaidh 's an Diadhachd,	7	There are three persons in the Godhead,	7
Orduighean Dé,	8	The decrees of God,	8
Oibrean a' Chruthachaidh,	9	The works of Creation,	9
Oibrean an Fhreasdail,	10	The works of Providence,	10
Cùmhnant nan Gníomh agus Tuit-eam an Duinè,	11	The Covenant of Works and the Fall of Man,	11
Am peacadh,	13	Sin,	13
Is peacaich an Cinne-daoine gu-léir,	14	All Mankind are sinners,	14
Truaillidheachd na staide gus an do thuit an duine,	ion.	The Sinfulness of man's fallen state,	ib.
Truaigh nastaide gus an do thuit an duine,	16	The misery of man's fallen state,	16
Cùmhnant nan Gràs,	17	The Covenant of Grace,	17
An t-aon Fhear-saoraidh, a Phearsa,	18	The only Redeemer,—His person,	18
—'obair-san mar Fhàidh,	19	—His work as a Prophet,	19
—'obair-san mar Shagart,	21	—His work as a Priest,	21
—'obair-san mar Rìgh,	22	—His work as a King,	22
Staid Irioslachaidh an Fhir-shaoraidh.	24	The Redeemer's State of Humiliation,	24
Staid Ardachaidh an Fhir-shaoraidh,	25	The Redeemer's State of Exaltation,	25
Obair an Spioraid 'Naويمh ann an compàirteachadh na Saorsà ceannaichte,	26	The Holy Spirit's work in applying the purchased Redemption,	16
Aonadh ri Crìosd, &c,	27	Union to Christ, &c.	27
A'ghairm éifeachdach, &c.	28	Effectual Calling, &c.	28

NA CINN.

THE CONTENTS.

	Taobh.		Page.
A' ghairm Eifeachdach, dòigh oibreachaidh an Spioraid iunte,	29, 30, 31	Effectual Calling, the manner of the Spirit's working in it,	29, 30, 31
Na sochairean a ta'n an toraidhean agus 'n an dearbhaidhean air Aonadh ri Chrìosd,	31, 33, 34	The benefits which are the fruits and evidences of Union to Christ,	31, 33, 34
Na sochairean àraid a ta anns a' bheatha so a' leantainn ri, no 'sruthadh o Fhèineachadh, Uchdmhacachd agus Naomhachadh,	36, 37	The several benefits which in this life accompany or flow from Justification, Adoption, and Sanctification,	36, 37
Na sochairean a gheillh na Creidmhhich o Chrìosd aig a' bhàs,	37	The benefits which Believers receive from Christ at death,	37
Na sochairean a gheibh na creidmhhich o Chrìosd aig an aiseirigh,	39, 40, 41	The benefits which believers receive from Christ at the resurrection,	39, 40, 41
Cha n-'eil ànn ach aon Dia,—an t-athair am Mac agus an Spiorad Naomh,	43	There is but one God, the Father, the Son, and the Holy Ghost,	43
Obair Dhe an Athar, a' Mhic agus an Spioraid' Naoimh, ann an Saoradh Pheacach,	43	The work of God the Father, the Son, and the Holy Ghost in the Redemption of sinners,	43
Soilleireachadh,	45	<i>Explanation,</i>	45
Searmonan Iosa,	46	The Discourses of JESUS,	46
Cosamhlachdan Iosa,	46	The Parables of JESUS,	46
Mìorbhuilean Iosa,	47	The Miracles of JESUS.	47

CEARTACHADH.

Taobh 9 Sreath 9 <i>air-son</i> Salm xxxviii.	<i>léugh</i> Salm xxxiii.
10 Sreath 24 <i>air-son</i> Col. ii. 10,	<i>léugh</i> Col. iii. 10.
12 Sreath 29 <i>air-son</i> Mata xxii. 37,	<i>léugh</i> Mata xxiii. 37.
17 Sreath 13 <i>air-son</i> Job xxiii.	<i>léugh</i> Job xviii. 5—18.
28 Sreath 25 <i>air-son</i> an roinn dheireanach,	<i>léugh</i> a' cheud roinn.
29 Sreath 26 <i>air-son</i> E. òin. λvii. 17, 18,	<i>léugh</i> Luc. λv. 17, 18.

CO-'RIAN

DE 'LEASANAIBH SÀBAID

AIR-SON

SGOILEAN AGUS THEAGHLAICHEAN.

(An Ràidh Geamhraidh.—An ceud Mhios.—*January.*)

[Anns a' Cho-'rian so, tha leasan spioradail iar a thoirt air son gach Sàbaid no seachdain 's a' Bhliadhna. Aig deireadh gach Miòs agus Ràidhe, pilleadh an sgoilear air-ais, a dh'-ath-ionnsachadh NAN LEASAN, chum an suidheachadh gu-ceart air a chridhe. Ris a' chéum so their sinn,—*Airis Mhiosail agus Airis 'Ràidheil.*]

1. A' CHEUD SABAID DE 'N BHLIADHNA.

CEANN.—*Crioch àraid* an duinê.

'Rinneadh an duine gu Dia a ghlòrachadh.

CEIST I.—Ciod is crioch àraidh do'n duine?

Is i crioch àraidh an duinê, Dia a ghlòrachadh agus a mbealtainn gu-siorruidh.

LEASAN BIOBUILL. BIBLE LESSON.

1. An àithn Naomh gu Dia a ghlòrachadh.

Thugaibh do 'n Tighearn, Sibhse fhineacha na talmhainn, thugaibh do 'n Tighearn, urram agus neart. Sléuchdaibh do 'n Tighearn ann am ma'ise na naomhachd, 1 Eachd. xvi. 28, 29. (Ceist 101.)

2. Eisemplear Mhic Dhé 'nuair bha e air an talamh :—

Ghlòraich mise thusa, air thalamh ; chriochnaich mi an obair a thug thu dhomh ri dheanamh, Eòin. xvii. 4.

3. Eisemplear an Fheâchd 'neamhaidh :—

Thuit na ceithir Seanairean fichead sios an làthair an Ti a bha 'n a shuidhe air an rìgh-chaithir agus 'rinn iad aoradh dhâ-san, a ta beò gu saoghal nan saoghal, ag ràdh.—Is airidh thusa, A Thighearna air glòir agus urram agus cumhachd fhaotainn ; oir chrùthaich thu na h-uile nithe agus air-son do thoile-sa tha iad, &c. Taisb. iv. 10, 11.

4. Bãgradh Dhé air a' cheann so :—

Mur éisd agus mur cuir sibh 'an sùim an àithn so, chum glòir a thoirt do m' ainm-sa, tha Tighearn nan sluagh ag ràdh, cuiridh mise eadhon mallachd oirbh, Mal. ii. 14, agus an Caib. uile.

5. Gealladh Dhé air a' cheann so :—

Oir dhòibh-san a bheir urram dhomh-sa, bheir mise urram, 1 Sam. ii. 30.

6. Tha sinn a' glòrachadh Dhé tre chreideamh, *Eabh.* xi. 6. Rom. iv. 20. 1 Pead. iv. 11.* Agus le deadh oibribh, mar thoraidean a' chreidimh, *Eòin. xv.*

8. (C. 42—44.)

SALM.—gu h-ionnsachadh air do chridhe—xcvi. 7—9.

SGRIBTURAN gu'n léughadh aig an Tigh. 1 Eachd. xxix. 6—20. Gnìomh. xii. 20,—gu 'chrìch, Mata xxv. 1—13.

Ceasnachadh. †—Cìod a' chrioch air-son an d'-'rinn Dia an duine ?

* Ionnsaicheadh an sgoilear o'n Bhìobull na *tectan* a ta clo-bhuailte ann an *litrìchibh Eadaltach*, an-déigh nan rànn éile, 'ta sgrìobhta, air-son gach leasain, fhaotainn gu-glan air 'inntinn. Faodar so a dheanamh anns an *Airis Mhìosail no Ràidheil* ; ma 's tràmh leis an tsg uile air aoin seachduin.

† A-réir na dèigh so, is còir do 'n Teagasgair am Foghlumach, a cheasnachadh air gach leasan. Tha na freagairtean gu bhì iar an tional o'n leasan,—gheibhear a' chuid a's mò dhiùbh an-déigh so, anns a' *Cheist*, aig toiseach an leasain.

Cìod i an àithn naomh dhà? Airis eisemplear Chrìòsd. Airis eisemplear an Fhèachd 'neamhaidh. Cìod e bàgradh Dhé an-aghaidh nam muinntear nach glòraich 'ainm? Cìod e gealladh Dhé dhùibh-san a bheir urram dhà? Cìod iad na doighean éile, air am beilear a' glòrachadh Dhé? *Dearbh gach frcagair o'n Sgrìobtur.* Agus ionnsaich *gach leasan* gu-glan.

2. AN DARA SABAIÐ.

CEANN.—'Rinneadh an duine gu Dia a mhealtainn.

CEIST. I. LEASAN BÌOBUILL.

1. Is ànn 'an Dia, a-mhàin, is urrainn an duine fìor shonas fhaotainn.

Co ta agam anns na nèamhan ach thusa? agus an coimeas riut cha n-'eil neach air thalamh air am beil mo dhéigh. Is e Dia neart mo chridhè agus mo chuibbroinn gu-siorruidh, Salm. lxxiii. 25, 26.

2. Is ann le bhì air a dheanamh réidh ri Dia agus air 'aonadh ris tre chreideamh, a-mhain, is urrainn an duine seachranach Dia a mhealtainn :—

Glòir do Dhia anns na h-àrdaibh, agus air talamh sìth, deadh ghean do dhaoinibh, Luc. ii. 14.

Air dhùibh bhì creidsinn ànn, tha sibh a' deanamh mòr-ghàirdeachais le h-aoibhneas do-'labhairt agus làn de ghlòir : a'faotainn crìche bhur creidimh, *eadhon* slàinte bhur n-anama, 1 Pead. i. 8, 9. (Ceist 36.)

3. Faodaidh mealtainn so Dhé bhì air tòiseachadh air thalamh ann am meadhonaibh nan gràs :—

Iad sin (fìor chreidmhidh) bheir mì chum mo shléibh 'naoimh agus nì mì aoibhneach iad ann am thigh-ùrnuigh, Isà. lvi. 7. (Ceist. 88.)

4. Agus bithidh an sonas so air a dheanamh iomlan air Neamh :—

Agus pillidh saor-dhaoine an Tighearna agus thig iad gu Sìon le caithream agus aoibhneas siorruidh air an cinn : gheibh iad gàirdeachas agus aoibhneas agus téichidh bròn agus osnaich air-falbh, Isà. xxxv. 10, agus *Salm.* xvi. 11. (Ceist 38.)

SALM. LXIII. 1—6.

SGRIBTUR gu 'léughadh aig an Tigh. Salm. xxvii.

Ceasnachadh.—Ainmich céum luachmhor éile de chrìch àraid an duine? Càit am beil fìor shonas do 'n duine? Cia-mar is urrainn an duine seachranach, Dia a mhealtainn? Ciod trid am beil e iar a dheanamh réidh ri Dia? Càit am faod an duine tòiseachadh ri mealtainn Dhé? Càit an co-lionar a shonas? Thoir dearbhadh o'n Sgrìobtur le do fhreagair.

3.

AN TREAS SABAID.

CEANN.— An Riaghailt a thugadh gus an Duine thredrachadh.

CEIST 2.—Ciod an Riaghailt a thug Dia dhuinn gu ar seòladh chum esan a ghlòrachadh agus a mhealtainn?

Is e focal Dé, a ta air a chur siòs ann an Sgrìobturaibh an t-SEANN TIOMNAIDH agus an TIOMNAIDH NUAIDH, an aon riaghailt, chum esan a ghlòrachadh agus a mhealtainn.

CEIST 2.—Ciod a ta na sgrìobturan gu-h-àraid a' teagasg?

Tha na sgrìobturan gu-h-àraid a' teagasg, gach ni is còir do 'n duine chreidsinn, mu thimchioll Dé agus an dleasanais a ta Dia ag iarraidh air an duine.

LEASAN BIOBUILL.

1. Is e focal Dé an Riaghailt :—

Ciod leis an glan an t-òganach a chridhe? trid faicill a-réir d'fhocail, Ann mo chridhe dh'-fholaich mi d'fhocal chum nach peacaichinn ad'aghaidh, Salm. cxix. 9, agus 11.

2. Is e focal Dé an aon Riaghailt a-mhàin :—

Mar labhair iad a-réir an fhocail so, is ànn a-chionn nach 'eil solus anna, Isà. viii. 20. (Ceist 90.)

3. Is e focal Dé, gu-dearbh, a' cheart Riaghailt air am beil féum aig an Duine :—

Tha reachdan an Tighearna ceart, a' deanamh a' chridhè aoibh.

neach, tha àithn an Tighearna glan, a' soillseachadh nan sùl, Salm. xix. 8,—agus an 7, 's an 9. 2 *Tim.* iii. 3, 15, 16. (Ceist 89.)

SALM. cxix. 11—16.

SGRIBTURAN gu'n léughadh aig an Tigh. 2 Pead. i. 16—crioch, agus Salm. cxix.

Ceasnachadh.—Càit am beil riaghailt sheòlaidh an duine iar a cur sìos? Ciod tha an riaghailt so a' seòladh do 'n duine? Ciod a ta 'leantainn glòrachaidh Dhé? Ciod iad na dleasanais àraid a ta na Sgrìobturann a' teagasg dhùinn? Ciod e dleasanais?

4. AN CEATHRAMH SABAID.

CEANN.—DIA.

CEIST 4.—Ciod e DIA.

Is spiorad Dia a ta neo-chriochnach, bith-bhuan, agus neo-chaochlaideach 'na bhith, 'na ghliocas, 'na chumhachd, 'na naomhachd, 'na cheartas, 'na mhaitheas, agus 'na fhìrinn.

LEASAN BIOBUILL.

1. Is Spiorad Dia—is e sin, Bith neo-chorporra:—

Is spiorad Dia agus is éigin d' a luchd-aoraidh, aoradh a dheanamh dhà ann an spiorad agus ann am fìrinn, Eòin iv. 24.

2. Tha Dia Neo-chriochnach,—is e sin, gun cheann gun chrìch, gun tomhas air a chumhachd:—

An urrainn thusa le rànsachadh Dia fhaghail a-mach? An urrainn thu an t-Uile-chumhachdach fhaghail a-mach gu-h-iomlan? Iob xi. 7, agus 8, 9.

3. Tha Dia bith-bhuan;—gun toiseach gun deireadh air a 'laithean:—

Mu 'n do ghineadh na beanntan agus mu 'n do dhealbh thu an talamh agus an cruinne-cé, eadhon o bhith-bhuantachd gu bith-bhuantachd is tusa Dia, Salm. xc. 2.

3. Tha Dia neo-chaochlaideach,—gun atharrachadh no gun mhùth air-bith:—

Tha gach uile dheadh thabhartas agus gach uile thiodhlac iomlan o'n àirde, a' teachd a-nuas o Athair na soillsè maille ris nach 'eil atharrachadh no sgàile tionndaidh, Séum. i. 17.

4. 'Na bhith:—

Agus thubhairt Dia ri Maois, IS MI AN TIA'S MI. Ecs. iii. 14.

6. 'Na ghilocas:—

Is mòr a chumhachd; Tha a thuigse gun tomhas, Salm cxlvii. 5.

7. 'Na Chumhachd:—

Is airidh thusa, a Thighearn, air glòir, agus air urram, agus air cumhachd fhaotainn, oir chruthaich tha na h-uile nithe, Taisb. iv. 11.

8. 'Na 'naomhachd:—

Co air nach biodh eagal romhad O Thighearna, 'us nach tugadh glòir do d'ainm oir is tusa, a-mhàin, a ta naomh, Taisb. xv. 4.

9. 'Na cheartas, 'n a mhaitheas agus 'n a fhìrinn:—

AN TIGHEARN DIA iochdmhor agus gràsmhor fad-fhulangach agus pailt ann an caoineas agus 'am fìrinn, Ecs. xxxiv. 6. (C. 43, 44.)

9. Is ánn a-mhàin ann an Criosd agus tre Chriosd is urrainnear fìor eòlas fhaighinn air Dia, Eòin i. 18.

SALM CXXXIX. 1—6.

SGRIBTURAN gu 'n Léughadh aig an Tigh. Salm lxxxix. ciii. civ.

Ceasnachadh.—Ciod e Dia? Ciod a ta *neo-chriochnach*, *bith-bhuan* agus *neo-chaochlaideach*, a' ciallachadh? Am beil na buaidhean sin aig bith éile? Co de na buaidhean aig Dia, air an ruig an duine ann an tomhas? Co dhiùbh sin air nach ruig an duine?

(An Ràidh Earralch.—An dara Mios.—*February*.)

5. AN CUIGEAMH SABAID.—AIRIS MHIOSAIL.*

6. AN SEATHAMH SABAID.

CEANN.—Cha n-'eil ann ach aon Dia.

CRIST 5.—Am beil tuille Dée ànn ach aon?

Cha n-'eil ànn ach aon a-mhàin, an Dia beò agus fìor.

**Monthly Revisal*, to be carefully recited by the learner, at the end of each month.

LEASAN BIOBUILL.

1. Aon Dia a-mhàin :—

Eisd O Israeil : An Tighearn ar Dia-ne, is aon Tighearn e, Deut. vi. 4.

Oir is mise Dia agus cha n-'eil m'atharrach ànp. Isà, xlvi. 9. (C. 45—48.)

2. An Dia beò agus fìor:—

Ach Iehòbhah, is esan an Dia fìor, an Dia beò, Ier. x. 10.

3. Cha n-'eil ànn ach aon Tighearn agus aon Slànuigh-eàr :—

Dhuinn-ne cha n-'eil ach aon Dia, an t-Athair, o'm beil na h-uile nithe, agus aon Tighearn Iosa, 1 Cor. viii. 6. Agus 1 Tim. ii. 5. Eph. iv. 5, 6. (C. 21.)

SALM lxxxvi. 8—11.

SGRIBTURAN gu'n léughadh aig an Tigh. Isà. xlv. 6,—deireadh.

Ceasnachadh.—Cia-meud Dia ta ànn? Cia-meud Slànuigh-eàr a ta ànn? Dearbh na pùngan so, o'n Sgrìobtur.

7. AN SEACHDAMH SABAID.

CEANN.—Tri pearsaidh 's an Diadhachd.

CRIST 6.—Cia-lion pearsa ta 's an Diadhachd?

Tha trì pearsaidh 's an Diadhachd, an t-Athair, am Mac agus an spiorad Naomh ; agus an triùir sin, is aon Dia iad, ionan ann an nàdur, coimeas ann an cumhachd agus ann an glòir.

LEASAN BIOBUILL.

1. Tha trì pearsaidh 's an Diadhachd :—

Oir tha triùir a deanamh fianuis air nèamh, an t-Athair, am Focal, (*Mac*) agus an spiorad Naomh ; agus an triùir sin is aon iad, 1 Eòin v. 7. *Mat.* xxviii. 19. (C. 5.)

2. Tha na trì pearsaidh 's an Diadhachd, a' co-

oibreachadh agus a' gabhal pairt' ann an obair na Saorsâ :—

Gràs an Tighearna Iosâ Criòsd. agus gràdh Dhé, agus co-chomunn an Spioraid 'naoimh, gu'n robh maille ribh uile. Amen. 2 Cor. xiii. 14.

Oir trid-san tha araon sligh againn gu dol a-steach tre aon spiorad, chum an Athar, Eph. ii. 18. Gal. iv. 6. Eabh. ix. 14. Mat. iii. 16, 17. (C. 21, 22, 28, 29, 30.)

LAOIDH IX. Agus DÀN. iv. 4—6.

SGRIBTUR gu 'léughadh aig an Tigh. Eòin. xiv.

Ceasnachadh.—Co iad na trì pearsaidh 's an Diadhachd? Am beil an trìùir 'n an Aon Dia? Ciod anns am beil iad co-ionau? agus coimeas? Ciod tha 'n Sgrìobtur ag ràdh mu'n timchioll?

8. AN T-OCHDAMH SABAID.

CEANN.—Orduighean Dé.

CEIST 7.—Ciod iad òrduighean Dé?

Is iad òrduighean Dé, a rùn siorruidh, a-réir comhairl' a thoile, leis an d'-òrduich e roimh làimh chum a ghlòire féin, gach ni a thig gu crìch.

CEIST 8.—Cionnus tha Dia a' cur 'òrduighean an-gnìomh?

Tha Dia a' cur 'òrduighean an-gnìomh ann an oibribh a' chruthachaidh agus an fhreasdail.

LEASAN BIOBUILL.

1. Tha òrduighean Dé rioghail agus neo-chaoch-laideach :—

Mhionnaich Tighearn nan sluagh, ag ràdh, gu-cinnteach, mar a dhealbh mise, mar sin tàrlaidh; agus mar a chuir mi romham bithidh sin air bhuil, Isâ. xiv. 24.

Agus ni esan mar is àill leis ann am feachd nèimh agus am-measg luchd-àiteachaidh na talmhainn agus cha n-urrainn aon neach a làmh a bhacadh, no 'ràdh ris, Ciod a tha thu a' deanamh, Dan. iv. 35. Agus *Iob* xxiii. 13.

2. Tha gach cùis fo òrdugh Diadhaidh, no fo òrdugh Dhé :—

Air dhùinn a bhi air ar roimh-òrduchadh, a-réir rùin an Tì a ta 'g oibreachadh nan uile nithe a-réir comhairl' a thoile féin, Eph. i. 11.

3. Glòir Dhé,—crioch nan òrduighean Diadhaidh uile :—

Oir chruthaich thu (A Thighearna) na h-uile nithe agus air-son do thoile-sa tha iad agus chruthaichheadh iad, Taisb. iv. 11. Faic Ceist 1,—an 3-as Ceann. Agus Eph. i. 12. Dan. iv. 17.

SALM xxxviii. 8—11.

SGRIBTURAN gu 'n léughadh aig an Tigh. Gníomh. xxiii. (C. 85—88.)

NòD.—Shònraicheadh an sgrìobtur so, gu 'léughadh aig an Tigh, a theagasg, a-réir eisempleir an Abstoil, anns a' phrìosan, nach 'eil roimh-òrduchadh toil' an Tighearna, a' cur gnàthachadh dichìollach nam meadhonan air taobh an duine, air chùl idir. Is còir na meadhonan a ghàthachadh, gu-tric 'us gu-cùramach.

Ceasnachadh.—Cìod tha thu a' ciallachadh le òrduighean Dé ? Co leis a dh'-òrduich Dia roimh làimh ? Cìod iad na nithe a 'rinn e roimh-òrduchadh ? Carson a' roimh-òrduich e iad ? Cìod an dâ ni àraid anns am beil Dia 'co-'lionadh 'òrduighean ? Innis cìod tha thu 'a ciallachadh le oibrìbh cruthachaidh, agus oibrìbh freasdail Dé ? Faic C. 9, 'us 11.

(An Ràidh Earraich.—An Treas Mios.—*March.*)

9. AN NAODHAMH SABAID.—AIRIS DA MHIÔS.

10. AN DEICHEAMH SABAID.

CEANN.—Oibrean A' Chruthachadh.

CEIST 9.—Cìod i obair a' chruthachaidh ?

Is i obair a' chruthachaidh gu'n d'-'rinn Dia na h-uile nithe de neo-'nì, le focal a chumhâchd, ann an sè làith-ibh agus iad uile ro mhath.

LEASAN BIOBUILL.

1. Cruthachadh nan uile nithe.—'Rinn Dia iad o neo-'nì,—a-mach á neo-'nì :—

Tre chreideamh tha sinn a' tuigsinn gu'n do chruthaichheadh na

saoghail tre fhocal Dé, air chòr 'us nach d'-'rinneadh na nithe a chithear de nithibh a bha ri 'm faicinn, Eabh. xi. 3.

2. Na h-uile nithe ro mhath, co-lionta :—

Agus chunnaic Dia gach ni a 'rinn e, agus féuch bha e ro mhath, Gen. i. 31.

3. Le Iosa Criosd am focal siorruidh :—

'Rinneadh na h-uile nithe leis agus as éugmhais cha d'-'rinneadh aon ni a 'rinneadh, Eòin i. 3, agus *Eph.* iii. 9.

Cruthachadh An Duinè

CEIST 10.—Cionnus a chruthaich Dia an Duine ?

Chruthaich Dia an duine, fear agus bean, a-réir 'iomhaigh féin, ann an eòlas, fìreantachd agus naomhachd, le uachdranachd os-ceann nan créutairean.

1. 'Rinneadh an duine ann an iomhaigh Dhé :—

Agus chruthaich Dia an duine 'n a dhealbh féin; ann an dealbh Dhé chruthaich se e, Gen. i. 27. Le uachdranachd os-ceann nan créutairean :—Agus bitheadh uachdranachd agaibh os-ceann éisg na mara agus os-ceann eunlaith nan spéur agus os-ceann gach ni beò a ghluaiseas air an talamh, Gen. i. 28.

Cruthachadh Nuadh an Duinè,—Is e sin, aisigeadh na h-iomhaigh diadhaidh a-dh'-ionnsaidh a chridhe :—

Agus gu'n do chuir sibh umaibh an *duine* nuadh, a tha air ath-'nuadhachd ann an eòlas a-réir iomhaigh an Tì a chruthaich e, Col. ii. 10, agus *Eph.* ii. 10, 'us iv. 24. (C. 35.)

SALM viii.

SGRIBTUR gu 'léughadh aig an Tigh. Gen. i.

Ceasnachadh.—Co dheth a 'rinn Dia na h-uile nithe? Co leis a 'rinn e iad? Co fad a bha e riù? Cia-mar a 'rinn e iad? Ciod trid am beil thu 'tuigsinn so?

Co an iomhaidh anns an d'-'rinneadh an duine? Ciod iad na fear-tan a bhuilicheadh air? An d'-'fhuair e cumhachd os-ceann chréutairean éile? Ainmich iad; agus dearbh gach pùng o'n Sgrìobtur. Ciod tha thu a' ciallachadh le *Cruthachadh Nuadh*?

11. AN T-AON SABAID DEUG.

CEANN.—Oibrean AN FHREASDAIL.

CEIST 11.—Ciod iad oibrean freasdail Dé ?

Is iad oibrean freasdail Dé a bhi coimhead agus a' riaghladh nan uile chréatairean, le 'n uile ghniomhraibh, gu-ro-naomh, ro ghlic agus ro chumhachdachd.

LEASAN BIOBUILL.

1. Tha freasdail Dé os-ceann nan uile :—

Agus tha a rioghachd a' riaghladh os-ceann nan uile, Salm ciii. 19; *Mata* x. 29—31.

2. Air a ghnàthachadh le Iosa Criosd :—

Neach air bhi dhà 'n a dhealradh a ghlòire-san agus 'n a fhior iomhaigh a phearsâ, agus a' cumail suas nan uile nithe le focal a chumhachd, 'nuair a ghlan e ar peacaidhean troimh féin, shuidh e air deas 'làimh na mòràchd anns na h-àrdaibh, Eabh. i. 3;—

Air-son maith a phobuill, *Rom.* viii. 28.

3. Tha e naomh, glic agus cumhachdach :—

Tha an Tighearn ceart 'n a uile shlighibh agus naomh 'n a uile ghniomhraibh, Salm cxlv. 18, agus Isà. xxviii. 29. (C. 101, 103.)

SALM cxlv. 9—16.

SGRIBTURAN gu'n léughadh aig an Tigh. 2 Rìgh xvii. 1—16, agus Gen. xlv. 1—15.

Ceasnachadh.—Ainmich oibrean freasdail Dé. Co iad a ta Dia a' riaghladh? Cia-mar tha e 'g an riaghladh?

12. AN DARA SABAID DEUG.

CEANN.—Cùmhnant nan GNIOMH, agus Tuiteam an DUINÈ.

CEIST 12.—Ciod an gnìomh àraidh freasdail a 'rinn Dia a-thaobh an Duinè 's an staid anns an do chruthaicheadh e?

'Nuair a chruthaich Dia an duine, 'rinn e co-cheangal beatha 'ris, ag iarraidh ùmhlàchd iomlain air mar chumha; agus a' toirmeasg dhà itheath de chraoibh eòlais a' mhaith, agus an uile, fo phéin a' bhàis.

CEIST 13.—An d'fhan ar ceud sinnsearan anns an staid anns an do chruthaicheadh iad?

Air do ar ceud sinnsearaibh a bhi air am fàgail gu saorsa an toile féin, thuit iad o'n staid anns an do chruthaicheadh iad, le peacachadh an-aghaidh Dhé.

CEIST 15.—Ciod e am peacadh leis an do thuit ar ceud sinnsearan o'n staid anns an do chruthaicheadh iad?

B'e am peacadh leis an do thuit ar ceud sinnsearan o'n staid anns an do chruthaicheadh iad, gu'n d'-ith iad am meas toirmisgte.

LEASAN BIOBUILL.

1. Chuir Dia ar Ceud Sinnsearan fo Chùmhnant Ghniomhran :—

Agus dh'-'àithn an Tighearn Dia do 'n duine, ag ràdh, De gach uile chraoibh anns a' ghàradh féudaidh tu itheadh gu-saor; ach de chraoibh edlais a' mhaith agus an uile, cha n-ith thu dh'-i sin, oir anns an là a dh'-itheas tu dh'-i, gu-cinnteach bàsaichidh tu, Gen. ii. 16, 17. *Gal.* iii. 12.

Le làn shaorsa toile, agus le comas gus an Cùmhnant a chumail, chruthaicheadh iad :—

Féuch an nì so a-mhàin fhuair mi, gu'n d'-'rinn Dia an duine dìreach, *Eccles.* vii. 29. *Faic.* C. 10. Ceann 1.

2. O'n saor 'roghann féin, bhris ar Ceud Sinnsearan an cùmhnant agus thuit iad :—

Agus chunnaic a' bhean gu'n robh a' chraobh math chum bidh agus taitneach do 'n t-sùil agus 'n a craoibh ri 'm miannachadh a dheanamh neach glic; agus ghabh i de am meas agus dh'-ith i agus thug i mar-an-céudna d'a fear maille rithe agus dh'-ith e, Gen. iii. 6. Agus 7 'us 8. *Eccles.* vii. 29. *Mat.* xxii. 37.

LAOIDH xlvi.

SGRIBTURAN gu'n léughadh aig an Tigh. Gen. ii. iii.

Ceasnachadh.—Ciod e cùmhnant? C'ainm an cùmhnant a 'rinn

Dia air-tùs ris an duine? Ciod a dh'-iarr Dia air an duine, anns a' cho-cheangal? Ciod a thoirmisg Dia do 'n duine 'dheanamh?

An do sheas ar ceud sinnsearan 'n an staid naoimh agus shona? Cia-mar thuit iad uaibe?

C'ainm am peacadh leis an do thuit Adhamh 'us Eubha bho'n staid anns an do chruthaich Dia iad?

(An Ràidh Earraich,—An 4-mh Mios.—*April.*)

13. AN TREAS SABAID DEUG.—AIRIS RAIDHEIL.

14. AN CEATHRAMH SABAID DEUG.

CEANN.—AM PEACADH.

CEIST 14.—Ciod e peacadh?

Is e peacadh easbhaidh cumaidh ris an làgh, no briseadh làghâ Dhé.

LEASAN BIOBUILL.

1. Tha làgh air a thoirt le Dia, mar 'riaghailt ùmhlachd :—

Oir far nach 'eil làgh cha n-'eil an sin briseadh làgha, Rom. iv. 15. Ach cha chuirear peacadh á leth dhaoine far nach 'eil làgh, Rom. v. 13. Agus vii. 7. (C. 11, 81—83.)

2. Is e peacadh gun bhi 'deanamh an ni tha an làgh so ag iarraidh :—

Is peacadh gach uil' éucoir, 1 Eðin. v. 17.

No deanamh an ni ta an làgh a' toirmeasg :—

Ge-b'-e neach a ni peacadh tha e mar-an-céudna a' briseadh an làgha : oir is e am peacadh briseadh an làgha, 1 Eðin. iii. 4.

Agus is peacadh, dearmad no dèanamh air-bith mar sin :—

Oir ge-b'-e neach a choimhideas an làgh uile agus a thuislicheas ann an aoin àithn, tha e ciontach do 'n iomlan, Séum. ii. 10.

3. Nach faoin uime-sin, oirpeacadh ri fireanachadh fhaotainn ann ar n-ùmhlachd do 'n làgh?

Cha bhi feðil air-bith air fhàireanachadh 'n a fhianuis tre oibrìbh an làgha, Rom. iii. 20.

SALM CXIX, 132—136.

SGRIBTURAN gu 'n léughadh aig an Tigh. Dàn. ix. agus Rom. iii. 19—crioch.

Ceasnachadh.—Ciod an dà dhòigh àraid anns am beil peacadh a' co-sheasamh? Ciod tha *làgh* a' ciallachadh?

16. AN SEATHAMH SABAID DEUG.

CEANN.—Is Peacaich An Cinne-daoine gu-léir.

CEIST 16.—An do thuit an cinne-daoine uile ann an ceud pheacadh Adhaimh?

Air do 'n cho-cheangal bhi air a dheanamh ri Adhamh cha b' àn a-mhàin air a shon féin ach air-son a sblìochd; an cinne-daoine uile, uime sin, a thàinig uaith tre ghinealachaidh gnàthaichte, pheacaich iad àn agus thuit iad maille ris 'n a cheud chionta.

LEASAN BIOBUILL.

1. Bhàsaich na h-uile ann an Adhamh:—

Ann an Adhamh ta na h-uile a' faghail a' bhàis, 1 Cor. xv. 22. Cha n-'eil ionracan àn, cha n-'eil fiù a h-aon, Rom. iii. 10, agus fòs, Rom. v. 12, 18. (C. 82.)

SALM liii. 1—4.

SGRIBTUR Gu 'léughadh aig an Tigh. Rom. v. 12—crioch.

Ceasnachadh.—An àn a-mhàin air a-shon féin a 'rinneadh an cùmhnant ri Adhamh? Co tuille air-son an d-'rinneadh ris e? Co iad sliochd Adhaimh? An do pheacaich a shliochd uile àn-san?

17. AN SEACHDAMH SABAID DEUG.

CEANN.—TRUAILLIDHEACHD na staide gus an do thuit an Duine.

CEIST 17.—Ciod an staid gus an d'thug an leagadh an cinne-daoine?

Thug an leagadh an cinne-daoine gu staid peacaidh agus truaighe.

CEIST 18.—Ciod e peacadh na staide sin gus an do thuit an duine?

Is e peacadh na staide sin gus an do thuit an duine, e bhi fo chionta ceud pheacaidh Adhaimh; fo easbhaidh na ceud fhìreantâchd, agus fo thruaillidheachd a nàdair gu-h-iomlan, d' an goirear gu-coitchionn am pheacadh gin maille ris gach peacadh gnìomh' a ta 'sruthadh uaith sin.

LEASAN BIOBUILL.

Tha am peacadh so a' co-sheasamh — 1. Ann an cionta ceud pheacaidh Adhaimh, iar a cho-chur—ri a shliochd :—

Tre eas-ùmhachd aoin duinè, (Adhamh) 'rinneadh mòran 'n am peacaich, Rom. v. 19.

2. Ann an càll iomhaigh agus gràis Dé an-lòrg sin :—

Agus ghin e (is e sin Adhamh) mac 'na choslas féin, a-réir IOMHAIGH FEIN, Gen. v. 3. *Taisb.* iii. 17, an earran dheireanach.

3. Ann an Truaillidheachd iomlàn a' chridhe :—

Tha an cridhe cealgach thar na h-uile nithe agus tha e do-leigh-eas, Ier. xvii. 9.

4. Ann am peacaibh do-àireamh na beatha :—

Oir is ànn as a' chridhe thig droch smuaintean, mortadh, adh-altrannas, striopachas, gadachd, fianuis bhréige, toibheum, Mâta. xv. 19. *Eph.* ii. 3. *Iob* xv. 14—16.

LAOIDH lvi.

SGRIBTUR gu 'léughadh aig an Tigh. Rom. iii. 10—20.

Ceasnachadh.—Ciod i an staid, gus an tug an tuiteam an duine? Ciod e an ciont' àraid fo 'm beil an duine? Ciod i an easbhaidh fo 'm beil e? Ciod i an truaillidheachd fo 'm beil e? C'ainm a ghoirear gu-cumanta de 'n pheacadh so? Co ris a theirear peacadh gnìomha? Ciod an t-eadar-dhealachadh tha eadar peacadh-gin agus peacadh-gnomha? Co dhiùbh sin an tobar o'm beil an t-aon éile 'siuthadh?

(An Raidh Sàmhraidh.—An 5-mh Mios.—*May*.)

18. AN T-8-MH SABAID DEUG.—AIRIS MHIOSAIL.

19. AN NAODHAMH SABAID DEUG.

CEANN.—TRUAIGH na staide gus an do thuit an Duine.

CEIST 19.—Ciod i truaigh na staide sin gus an do thuit an duine?

Tre an leagadh chàill an cinne-daoine gu-léir an co-chomunn ri Dia; tha iad fo fhéirg agus fo mhallachd Dhé; agus mar sin iar an deanamh buailteach do uile thruaighibh na beathâ so, do 'n bhàs féin agus do phiantaibh ifrinn gu-siorruidh. (Agus C. 84.)

LEASAN BIOBUILL.

Tha an *truaigh* so a' co-sheasamb,—

1. Ann an càll co-chomuinn ri Dia :—

Chuir bhur n-éu-ceartan dealachadh eadar sibh agus Dia: agus dh'fholaich bhur lochdan uaibh a ghnùis, ionnus nach éisd e, Isà. lix. 2.

2. Ann am féirg Dhé :—

Oir a ta fearg Dhe air a foillseachadh o nèamh an-aghaidh gach uile mhi-dhiadháhd agus éu-coir dhaoine, Rom. i. 17.

Agus 'n a mhallachd :—

Oir a' mheud 's a ta o oibribh an làgha, tha iad fo 'n mhallachadh, Gal. iii. 10.

3. Anns na truaighean a thàtar a' fulang 's an t-saoghal so; (1.) Anns an leth a-stigh; mar dhàlladh Spioradail :—

Agus air a shon so cuiridh Dia tréun oibreachadh meallaidh d'an ionnsuidh ionnus gu'n creid iad a' bhréug, 2 Tes. ii. 11.

Cruas Cridhè.—Seadh 'rinn iad an cridheachan mar a' chloich adamaint, &c. Sech. vii. 12.—Agus *Uamhan Coguis* :—Rè a 'làithean uile cràdhar an t-aingidh. Iob xv. 20. Tha fuaim èagalach 'n a chluasaibh, 21 rànn.

2. O'n leth muigh,—Ann an trioblaidibh ua beathâ:—
Mallaichte bithidh tu 'nuair thig thu 'stigh agus mallaichte bithidh tu 'nuair théid thu 'mach, Deut. xxviii. 19; agus fòs 20, rànn.—
Agus am bàs :—Oir is e tuarasdal a' pheacaidh am bàs, Rom. vi. 23.

4. Na h-àgharan a dh'-fhuilingear anns an t-saoghal ri teachd.—

Their e (Dia) riù-san air a làimh chli Imichibh uam a shluagh mallaichte dh'-ionnsuidh an téine shiorruidh a dh'-ullaicheadh do 'n diabhal agus d'a ainglibh, Mata xxv. 41; *Taisb.* xiv. 10, 11.

LAOIDH XLV.

SGRIBTURAN gu'n léughadh aig an Tigh. 2 Rìgh ii. 23—crioch; 2 Rìgh v; Gniomh. v. 1—11; Deut. xxviii. 15—20; Iob xxiii. 5—18.

Ceasnachadh.—Ciod a chàill an cinne-daoine gu léir? Ciod an dà dhiteadh àraid fo 'm beil iad a-thaobh Dhé? Ciod do'm beil iad buailteach an so? Ciod do'm beil iad buailteach gu-bràth?

20. AM FICHEADAMH SABAID.

CEANN.—Cùmhnant nan Gràs.

CEIST 20.—An d'fhàg Dia an cinne-daoine uile gu bhi càillte ann an staid peacaidh agus truaighe?

Air taghadh do Dhia de 'fhior-ghean math féin, roimh thoiseach an t-saoghail, cuid de 'n chinne-dhaoine, chum na beathâ maireanaich, 'rinn e co-cheangal gràis chum an saoradh o staid peacaidh agus truaighe agus chum an toirt gu staid slàinte trid F'ear-saoraidh.

Faic fòs na ceud roinnean de Ceist 86 'us 87. Agus C, 29 'us 88.

LEASAN BIOBUILL.

1. Is e gràs De, a-mhàin, tobar na slàinte so :—

Eadhon air dhuinn a bhi marbh ann am peacaibh cho-bheothaich e sinn maille ri Criosd; (le gràs tha sibh iar bhur tèarnadh) Eph. ii. 5. Agus an t-8-mh rànn. Oir is ànn le gràs tha sibh air bhur tèarnadh tre chreideamh; agus sin cha n-ànn uaibh-fein; is tiodhlac Dhé e. *Rom.* ix. 15; *Eòin* xv. 16, a' cheud roinn.

2. Tha gràs so Dhé air-son slàinte iar a cho-'lionadh

tre chùmhnannt deante 's an t-siorruidheachd, le Dia an t-Athair maille ri—Dia am Mac, mar Fhear-réite :—

Beannaichte gu'n robh Dia, eadhon Athair ar Tighearna Iosa Crìosd, a bheannaich sinne leis gach uile bheannachadh spioradail ann an ionadaibh neamhaidh ann an Crìosd: A-réir mar a thagh e sinn ànn-san mu'n do 'leagadh bunait an domhain, chum gu'm bitheamaid naomha agus neo-choireach 'n a làthair-san ann an gràdh: A 'roimh-òrduich sinne chum uchd-mhacachd na cloinne tre Iosa Crìosd, dhà-féin, a réir deadh-gheán a thoile, Eph. i. 3—5.

SALM LXXXIX. 1—4.

SGRIBTUR gu 'léughadh aig an Tigh. Eabh. viii. '.

Ceasnachadh.—Ciod a ghluais Dia gu cuid a 'roghnachadh o 'hfis? Carson a thagh e iad? Ciod an co-cheangal a 'rinn e riù? Ciod an staid o'm beilear 'g an toirt? Ciod i an staid gus am beilear 'g an toirt? Cò trid àm beilear a' deanamh so? Co e am Fear-Saoraidh?

21. AN AON SABAID THAR THICHEAD.

CEANN.—An T-aon Fhear-Saoraidh. I. A PHEARSA.

CEIST. 21.—Co is Fear-saoraidh do phobull taghta Dhé?

Is e aon Fhear-saoraidh do phobull taghta Dhé, an Tighearn Iosa Crìosd, neach air bhi dhà 'n a Mhac sìorruidh do Dhia, a 'rinneadh 'n a dhuine, agus mar sin bha agus mairidh e 'n a Dhia agus 'n a dhuine, ann an dà nàdar eadar-dhealaichte, ach 'n a aon phearsa gu-siorruidh.

CEIST 22. Air do Chrìosd bhi 'n a Mhac sìorruidh do Dhia, cionnus a 'rinneadh e 'n a dhuine?

'Rinneadh Crìosd Mac Dhé 'n a dhuine, le corp fìor agus anam réasonta a ghabhail dà-féin, air dhà bhi le cumhachd an Spioraid 'Naoimh air a ghintinn 'am broinn na h-òighe Muire agus air a bhreith leatha, gidheadh as-éugmhais peacaidh.

LEASAN BIOBUILL.

1. Is e an Tighearn Iosa Crìosd an t-aon Fhear-Saoraidh.

Oir is aon Dia a ta ànn agus aon eadar-mheadhonair eadar Dia agus duine, an duine Iosa Crìosd, 1 Tim. ii. 5, agus 1 Cor. iii. 11.

2. Is e Crìosd Mac Siorruidh Dhé:—

Agus o'm beil Crìosd a-thaobh na feòla, neach is e Dia os-ceann nan uile, beannaichte gu-siorruidh. Amen. Rom. ix. 5. (C. 6.)

3. Is e Crìosd Mac neo-pheacach an duinê:—

Ach a (is e sin Crìosd) bhuaireadh anns na h-uile nithibh air an d'ìgh chéudna ruinn-ne, ach as-éugmhais peacaidh, Eabh. iv. 15; Gal. iv. 4, 5.

4. Tha e 'n a Dhia agus 'n a Dhuine gu-siorruidh:—

Ach an duine so (Crìosd) do-bhrìgh gu'm mair e gu-siorruidh, tha sagartachd neo-chaochlaideach aige, Eabh. vii. 24.

LAOIDH LII.

SGRIBTURAN gu 'n léughadh aig an Tigh. Eòin. iii. 16—crioch; Isa. ix. 1—7; xi. 1—11.

Ceasnachadh.—Am beil ach aon Fhear-saoraidh aig pobull Dé? Co e? Co dhà is Mac siorruidh e? Am beil e 'n a Dhia agus 'na dhuine? Am mair e mar-sin? Cia-meud nàdar tha aig Crìosd? Cia-meud pearsa ta aige? Co fad a mhaireas a dhà nàdar agus 'aon phearsa?

Cia-mar a 'rinneadh Crìosd 'n a dhuine? Co leis a ghineadh e? C'ainm a' bhean leis an d'-'rugadh e? Ciod o'n robh e saor?

(An Ràidh Sàmhraidh.—An 6-mh Mios.—*June.*)

22. AN DARA SABAID THAR FHICHEAD.

CEANN.—An t-aon Fhear-Saoraidh. II. 'OBAIR SAN Mar Fhàidh.

CEIST 23.—Ciod iad na h-oifgean tha Crìosd a' cur an-gnìomh mar ar Fear-saoraidh?

Tha Crìosd mar ar Fear-saoraidh a' cur an-gnìomh oifgean fàidh, sagairt agus rìgh, araon ann an staid 'irioslachaidh agus 'àrdachaidh.

CEIST 24.—Cionnus tha Crìosd a' cur oifig' fàidh an-gnìomh? ¶

Tha Crìosd a' cur oifig' fàidh an-gnìomh, ann a bhi 'foillseachadh dhuinn-ne, le 'fhocal agus le a Spiorad toile Dé chum ar slàinte.

LEASAN BIOBUILL.

Thubhairt Maois ris na h-aithrichibh Togaidh an Tighearn bhur Dia suas fàidh (Criosd) dhùibh de bhur bràthraibh, mar mise; ris-san éisdidh sibh anns na h-uile nithibh a labhras e 'ribh, Gniomh. iii. 23; *Eabh.* i. 1, 2; ii. 1.

1. Chuireadh air-leth e, agus 'làn-dheasaicheadh e air-son na h-oifige:—

An Ti a chuir Dia uaith, tha e 'labhairt bhriathran Dé; oir cha n-ànn a-réir tomhais tha Dia a' toirt an Spioraid dà, Eòin iii. 34. *Isà.* lxi. 1—3.

2. Mar Fhàidh tha E 'foillseachadh toile Dhé chum ar slàinte:

Is éigin dhomb-sa rioghachd Dhé a shearmonachadh do bhailtibh éile mar-an-céudna; oir is ànn a chum so a chuireadh mi, Luc. iv. 43. (C. 31. An roinn mheadhonach.)

Le meadhonaibh o'n leth a-muigh,— gu-h-àraid 'Fhocal Féin:—

Ach tha iad so sgrìobhta, chum gu'n creideadh sibh gur e Iosa Mac Dhé, agus ag creidsinn dùibh gu'm biodh agaibh beatha troimh 'ainm-san, Eòin xx. 31. (C. 88.—107.)

Le oibreachadh a spioraid anns an leth a-stigh:—

Ach an Comfurtair, an spiorad Naomh, a chuireas an t-Athair uaith a' m' ainm-sa, teagaisgidh esan dhùibh na h-uile nithe, agus cuiridh e 'an cuimhne dhùibh na h-uile nithe a 'labhair mise ribh, Eòin xiv. 26. (C. 89.)

LAOIDH xxxix.

SGRÌOBTUR gu 'léughadh aig an Tigh. *Isà.* xlii. 1—12.

Ceasnachadh.—Cia-meud oifig tha Criosd a' cur an-gniomh? Ainmich iad. Ciod an dà staid anns am beil e 'g an cur an-gniomh? Ciod tha Criosd leigeil ris duinn le 'fhocal agus le a spiorad? Carson a ta e 'foillseachadh toile Dé dhuinn?

23. AN TREAS SABAID THAR FHICHEAD.—AIRIS
DA MHIOS.

24. AN CEATHRAMH SABAID THAR FHICHEAD.

CEANN.—An t-aon Fhear-saoraidh. OIBREAN-
SAN,—Mar shagart,—Chum iobairt a thabhairt air-son
peacaidh ; air Thalamh.

CEIST 25.—Cionnus tha Criosd a' cur oifig' sagairt an-gnìomh ?

Tha Criosd a' cur oifig' sagairt an-gnìomh le e-féin a
thoirt suas aon uair mar iobairt, a dhioladh ceartais Dhé,
agus gu sinne dheanamh réidh ri Dia agus le gnà eadar-
ghuidhe a dheanamh air ar son.

LEASAN BIOBUILL.

1. Chuireadh air-leth e agus 'rinneadh iomlan e air-
son na h-oifige:—

Mhionnaich an Tighearn agus cha ghabh e aithreachas, Is sagart
thu gu-siorruidh a-réir òrduigh Mhelchisedeic Eabh. vii. 21. Ach
focal nam miannan a bha an-déigh an làgha, a' deanamh àrd-shag-
airt de 'n Mhac a tha air a dheanamh iomlan gu-siorruidh,—28
rànn de 'n. Chaib. chéudna.

2. Thug se e-féin suas mar iobairt :—

Chum peacadh a chur air-falbh trid e-féin iobradh, Eabh. ix. 26.
(C. 27.)

A 'riarachadh ceartais Dé :—

Gluaisibh ann an gràdh eadhon mar a ghràdhaich Dia sinne agus
a thug se e-féin air ar son 'n a thabhartas agus 'n a iobairt deadh-
fhàile do Dhia, Eph. v. 2. Mata. xx. 28. Rom. v. 6.

Gu sinne dheanamh réidh ri Dia :—

Oir dh'-fhuing Criosd féin aon uair air-son pheacaidhean, am
firean air-son nan neo-fhìrean, (chum gu'n tugadh e sinne gu Dia,) air
dhâ bhì air a chur gu bàs 's an fheadil ach iar a bheothachadh tre
an splorad, 1 Pead. iii. 18. Eph. ii. 13.

LAOIDH xlv.

SGRIBTUR gu 'léughadh aig an Tigh. Isà. liii.

25. AN CUIGEAMH SABAID THAR FHICHEAD.

CEANN.—An t-aon Fhear-Saoraidh. 'OIBREAN-

SAN,—Mar shagart. Chum eadar-ghuidhe 'dheanamh ;
air Nèamh. A' CHEIST CHÉUDNA, 25-d.

LEASAN BIOBUILL.

Oir cha deachaidh Criod a-steach do na h-ionadaibh naomha làmh-dheante, nithe a ta 'n an sàmhlachas air an fhior ionad, ach do nèamh féin, chum a-nis e-féin a 'nochdadh ann am fianuis Dé air ar son-ne, Eabh. ix. 24. (C. 28.)

1. Tha e'deanamh eadar-ghuidhê fo ùghdaras Dé :—

Iarr orm agus bheir mi dhuit na cinnich mar oighreachd agus crìochan iomallach na talmhainn mar sheilbh, Salm ii. 8.

2. Tha e'tagair toillteanais 'ùmhlâchd féin do'n bhas :—

Agus cha b'ànn tre fhuil ghabhar agus 'laogh ach tre 'fhuil féin a chaidh e 'steach aon uair do'n ionad Naomh air dhâ saorsa shiorruidh fhaotainn dhuinn-ne, Eabh. ix. 12.

As-leth pheacach ;—

Agus 'rinn e eadar-guidhe air-son nan ciontach, Isà. liii. 12. An roinn dheireanach

Tha 'eadar-ghuidhe-san gun sgar :—

Do-bhrìgh gu 'm beil e beò gu-siorruidh gu eadar-ghuidhe 'dheanamh air an son, Eabh. vii. 25.

Agus éifeachdach :—*Eðin* xi. 41, an roinn dheireanach, agus 42, a' cheud roinn. *Rom.* viii. 34. 1 *Eðin* ii. 1. *Eabh.* vii. 25.

LAOIDH lviii.

SGRÌOBTUR gu 'leughadh aig an Tigb. *Eðin*, xvii.

26. AN SEATHAMH SABAID THAR FHIICHEAD.

CEANN.—An t-aon Fhear-Saoraidh. 'OIBREAN-SAN—Mar Rìgh.

CEIST 26.—Cionnus tha Criod a' cur oifig' rìgh an-gnìomh ?

Tha Criod a' cur oifig' rìgh an-gnìomh le sinne a cheannsachadh dhâ-féin, le ar riaghladh agus ar dìonadh, agus le casgadh a chur, agus buaidh a thoirt air na h-uile a's naimhdean dhâ-san agus dhuinn-ne.

LEASAN BIOBUILL.

Air an aobhar sin thubhairt Pilat ris, An rìgh thu ma seadh ?
Fhreagair Iosa, thubhairt thusa gur rìgh mi, Eòin xviii. 37.

1. Mar eadar-mheadhonair, dh'ùngadh Crìosd 'n a
'Rìgh le Dia :—

Gidheadh dh'ùng mise mo rìgh air Sion mo shliabh naomh-sa,
Salm ii. 6.

2. Is Rìgh e—THAIRIS AIR A PHOBULL FÉIN.

Chum an ceannsachadh dha-féin :—Bithidh do shluagh ro-thoil-
each ann an là do chumhâchd, ann am maise na naomhâchd mar
an drùchd o bholg na maidne, bithidh d'òigridh agad, Salm cx. 3 ;
Gnìomh, v. 31, (C. 31, 'us 87.)

Chum a phobull féin a 'riaghladh ;—

Oir is e an Tighearn ar breitheamh : is e an Tighearn ar fear-
tabhairt-lägha ; is e an Tighearn ar Rìgh, tèarnaidh e sinn, Isà.
xxxiii 22 ; lv. 4.

Chum an dìon—*Ann am meadhon an naimhdean* :—

Oir is e an Tighearn ar Sgiath agus Aon Naomh Israeil ar Rìgh,
Salm lxxxix. 18.

Chum an casgadh :—

Gu-cinnteach bheir fearg duiné moladh dhuit (a Thighearna)
fuigheall na fèirge caisgidh tu, Salm lxxvi. 10 ; *Isà*. xxxvii. 29.

Agus chum buaidh a thoirt air an naimhdean :—

Agus bruthaidh Dia na sìthe Sàtan fo bhur cosaibh gu h-aith.
ghearr, Rom. xvi. 20 : 1 *Cor*. xv. 25.

SALM. xlv. 1—6.

SGRIBTURAN gu'n léughadh aig an Tigh. Salm cx.
xlv. xxi.

Ceasnachadh.—Ciod tha Crìosd a' deanamh ri 'phobull mar 'rìgh ?
Ainmich gach gnìomh 's an oifig so an-dèigh chéile. Co iad na
naimhdean air am beil e a' toirt buaidh ?

(An Ràidh Sàmbraidh.—An 7-mh Mios.—*July*.)

27. AN SEACHDAMH SABAID THAR FHICHEAD.

—AIRIS RAIDHEIL.

28. AN T-OCHDAMH SABAID THAR FHICHEAD.

CEANN.—Staid Irioslachaidh Chriòsd.

CEIST 27.—Cionnus bha Crìosd air irioslachadh?

Bha Crìosd air irioslachadh, le bhì air a bhreith agus sin ann an staid iosail, air a dheanamh fo 'n lagh; dol fo thruaighibh na beathâ so, fo fhéirg Dhé agus fo bhàs mallaichte a' chroinn-chéusaidh, le bhì air àdhlacadh agus fantainn fo chumhachd a' bhàis rè seâl.

LEASAN BIOBUILL.

Cho-sheas Irioslachadh Chriòsd,—1. 'Na Bhreith:—
Chuir Dia a Mhac féin uaith, a ghineadh o mhnaoi, a 'rinneadh fo 'n làgh, Gal. iv. 4; *Luc.* ii. 7, (C. 22.)

2. 'Na bheatha,—bhà E fo 'n lagh:—

Na measaibh gu'n d'-thàinig mise, bhriseadh an làgha no nam fàidhean; cha n-ànn a bhriseadh a thàinig mi, ach a cho-'lionadh, (Mata v. 17. (C. 22.)

Bha e bochd agus 'rinneadh tàir air le daoineibh:—

Agus thubhairt Iosa ris tha tùill aig na sionnaich agus nid aig eunlaidh an athair ach cha n-'eil aig mac an duine (Iosa) ionad anns an cuir e a cheann fodha, Mata viii. 20; *Eòin* v. 41.

Bhuaireadh E le Sàtan:—

Ach a bhuaireadh 's na uile nithibh air an d'òigh chéudna 'ruinne ne ach as-éugais peacaidh, Eabh. iv. 15.

3. 'Na bhàs-chéusadh e mar chiontach:—

Dh'-irioslaich se e-féin agus bha e ùmhal gu bàs, eadhon bàs a chruinn-chéusaidh, Phil. ii. 8; *Luc.* xxiii. 33.

Ghìulan e uallach corruich Dhé:—

Agus mu-thimchioll na naodhamh uaire dh'-éigh Iosa le guth mòr, ag ràdh Eli, eli, làma sabachtani? *Is e sin*, Mo Dhia, mo Dhia carson a thréig thu mi? Mata xxvii. 46.

Dh'-adhlaiceadh e:—Mata xxvii. 59, 60.

Thoir fainear crìoch an Irioslachaidh so.—Eabh. ii. 10.

LAOIDH XXXV.

SGRIBTURAN gu'n léughadh aig an Tigh. Luc. xxii. 39,—crioch agus xxiii.

Ceasnachadh.—Ainmich an ceud chéum de irioslachadh Chríòsd. Ciod e an ath chéum? Cia-meud cùis anns an robh e irioslaichte? Ainmich gach aon fa-leth,—agus airis dearbhadh Sgrìobturail.

29. AN NAODHAMH SABAID THAR FHICHEAD.

CEANN.—Staid àrdachaidh an Fhir-shaoraidh.

CEIST 28.—Cionnus tha Crìosd air àrdachadh?

Tha Crìosd air àrdachadh 'na aiséirigh o na marbh-aibh air an treas là; 'na dhol suas gu nèamh 'na shuidhe air deas làimh Dhé an athar; Agus 'na theachd a thoirt breith air an t-saoghal air an là dheireanach.

LEASAN BIOBUILL.

Tha àrdachadh Chríòsd a' co-sheasamh—

1. 'Na aiséirigh :—

Neach a thog Dia suas air dhà piantan a' bhàis fhuasladh; do-bhrìgh nach robh e an comas gu'n cumteadh esan leis, Gníomh. ii. 24.

2. 'Na dhol suas, agus 'n a àrdachadh gus an àit a's àirde cumbachd 'us glòir air Nèamh :—

Ghabhadh suas gu nèamh e agus shuidh e air deas làimh Dhé, Marc xvi. 19.

3. 'Na theachd a-rìst, a thoirt breith air an t-saoghal :—

Do-bhrìgh gu'n do shuidhich e là anns an toir e breth air an t-saoghal 'am fireantachd tre 'n duine sin (Crìosd) a dh'-òrduich e, Gníomh. xvii. 31.

Beachdaich air *criochan* agus *éifeachdan* 'Ardachaidh anns na tegstibh an-déigh so;—Agus 'aiseirigh :—

A thugadh thairis air-son ar ciontaidh agus a thogadh suas a-rìst air-son ar fireanachaidh, Rom. iv. 25. 1 Cor. xv. 21, 22.—A Dhol suas. *Eabh.* iv. 14, 16;—agus A Dhara Teachd, 2 Pead. iii. 14. *Marc.* xiii. 35—37.

SALM lxviii. 18—20.

SGRIBTUR gu 'léughadh aig an Tigh. 1 Cor. xv. 1—23.

Ceasnachadh.—Ciod e an ceud céum de Ardachadh Chrìosd? Ainmich gach céum fa-leth. Cia-'lion céum a ta ànn. An tig e 'rist? Cuin a thig e? Carson a thig e?

30. AN DEICHEAMH SABAID THAR FHICHEAD.

CEANN.—Obair an Spioraid 'Naoimh ann an com-pàirteachadh na saorsâ ceannaichte.

CEIST 29.—Cionnus tha sinn air ar deanamh 'n ar luchd compàirt de 'n t-saorsa a choisinn Crìosd?

Tha sinn air ar deanamh 'n ar luchd-compàirt de'n t-saorsa, a choisinn Crìosd, le i bhì air a cur ruinn-ne gu-h-éifeachdach le a spiorad Naomh-san.

LEASAN BIOBUILL.

1. Cha n-urrainn duinn-ne sinn-féin a dheanamh 'n ar luchd-compàirt de Shaorsa :—

Oir is ànn le gràs a ta sibh air bhur téarnadh, tre chreidcamh; agus sin cha n-ànn uaibh-féin : is e tiodhlac Dhé e, Eph. ii. 8. 2 Cor. iii. 5.

2. Is e an Spiorad Naomh a-mhàin, is urrainn a co-chur 'ruinn gu-h-éifeachdach :—

Cha n-ànn o oibrìbh fireantáhd a 'rinn sinne, ach a-réir a thròc-air féin, shaor e sinn tre ionnlad na h-ath-ghinmhuinn agus ath-nuadhachadh an Spioraid 'Naoimh, Tit. iii. 5. 1 Cor. xii. 3, an roinn dheireanach.

3. Co iad com-pàirtearan, no luchd-com-pàirt na Saorsâ so?—

Iadsan aig am beil gràdh dhomh gràdhaichidh mi : agus iadsan a dh'-iarras mì gu-moch gheibh iad mì, Gnà-Fhoc. viii. 17. Eòin i. 12, 13. Mata. vii. 7, 8.

LAOIDH IX.

SGRIBTUR gu 'léughadh aig an Tigh. Eòin iii.

Ceasnachadh.—Ciod i saorsa? Co, a choisinn saorsa do pheacaich? Co leis a tha an t-saorsa so iar a cur 'ruinn-ne? Cionnus tha an spiorad 'g a cur 'ruinn? Co iad compàirtèaran na Saorsâ so?

(An Ràidh Foghair —An t-8-mh Mios.—*August.*)

31. AN T-AON SABAID DEUG THAR FHICHEAD.

CEANN.—AONADH RI CRIOSD, trid am beilear a' co-chur na Saorsâ.

CEIST 30.—Cionnus a tha an spiorad a' cur 'ruinn-ne na saorsâ a choisinn Criosd?

Tha an Spiorad a' cur 'ruinn-ne na saorsâ a choisinn Criosd, le creideamh oibreachadh annainn, agus le sin, 'g ar dlù-cheangal ri Criosd ann ar gairm éifeachdach.

1. Nàdar an Aonaidh so,—Tha e dlù fhagus:—

Ach an Tl a tha ceangailte ris an Tighearn, is aon spiorad ris e, 1 Cor. vi. 17. Tha an t-*Aonadh* so maireanach. *Rom.* viii. 38, 39.

Tha e fìor urramach agus fìor shona:—

D'am bu toil le Dia fhoillseachadh ciod e saoihbreas glòire an rùin diomhair so, am-measg nan Cinneach: neach a's e Criosd annaibh-se dèchdas na glòire, Col. i. 27.

Athair, is àill leam an dream a thug thu dhomh gu'm bi iad maille 'rium, far am beil mi, chum gu 'm faic iad mo ghlòir a thug thu dhomh, Eòin xvii. 24.

2. Is e an Spiorad Naomh an Gnìomhaiche no am Fear-oibre anns an Aonadh so:—

Anns am beil sibhse mar-an-ceudna air bhur co-thogail suas, chum bhì 'n'ur tigh-cònuidh do Dhia tre an Spiorad.

3. Is e Creideamh bànn an Aonaidh so:—

Ionnus gu'n gabh Criosd cònuidh ann bhur cridhe tre chreid-eamh, Eph. iii. 17. *Rom.* v. 1, 2. (C. 84)

LAOIDH IIV.

SGRIBTUR gu 'léughadh aig an Tigh. Eòin. xv.

Ceasnachadh.—Co ta 'cur 'ruinn-ne na saorsá so ? Ciod a thàtar ag oibreachadh annainn ? Co ris a dhlù-'naisgear sinn ? Ciod a' ghairm anns am beil so deante ?

32. AN DARA SABAID DEUG THAR FHICHEAD.—

AIRIS RAIDHEIL.

33. AN TREAS SABAID DEUG THAR FHICHEAD.

CEANN.—A' GHAIM EIFEACHDACH anns am beil sinn air ar n-aonadh ri Criosd.

CEIST 31.—Ciod i a' ghairm éifeachdach ?

Is i a' ghairm éifeachdach, obair Spioraid Dé, leis am beil e 'dearbhadh oirnn-ne ar peacaidhean agus ar truaighe ; a' soillseachadh ar n-inntinn le eòlas air Criosd ; ag ath-'nuathachadh ar toile ; agus an-lòrg sin 'g ar deanamh deònach agus comasach air Iosa Criosd a dhlù-ghabhail h-ugainn mar tha e air a thairgseadh dhuinn gu-saor anns an t-soisgeul.

LEASAN BIOBUILL.

1. Is i a' ghairm so, obair Spioraid Dé :—

Oir is e Dia a dh'-oibriceas annaibh araon an toil agus an gnìomh a-réir a dheadh-gheán féin, Phil. ii. 13 ; *Eðin.* xvi. 14.

Leis am beil e 'gar deanamh deònach agus comasach gu gabhail ri Iosa Criosd :—

Tha Dia fìreanach leis an do ghairmeadh sibh chum co-chomuinn a Mhic Iosà Criòsd ar Tighearna, 1 *Cor.* i. 9 ; 1 *Pead.* ii. 7, an roinn dheireanach.

2. Bheirear a' ghairm so air a h-aghaidh tre Fhocal an t-soisgeil :—

Uime sin, is ànn o éisdeachd a thig creideamh, agus éisdeachd tre fhocal Dé, Rom. x. 17 ; *Taisb.* iii. 20.

Agus tre Urnuigh :—

Bithidh mise fathasd air m' Iarraidh (deir An Tighearn,) 's an ni so, le tigh Israèil, a chum a dheanamh air an sou ; ui mi lìonmhor

iad le daoine mar thréud, *Esce.* xxxvi. 37. Faic fòs 27 rànn; *Sec.* xii. 10. (C. 88—107.)

LAOIDH LVI.

SGRIBTUR gu 'léughadh aig an Tigh. Isà. lv.

Ccasnachadh.—Co ta 'deanamb oibre na gairme so? Ciod tha iar a dhearbhadh òirnn-ne leatha? Ciod tha an inntinn a' faotainn? Ciod tha an toil a' faotainn? Ciod air-son am beil sinn iar ar deanamb deùnach agus comasach? Càit am beil Criosd iar a thairg-seadh? Cia-mar tha e iar a thairg-seadh an-sin?

34. AN CEATHRAMH SABAID DEUG THAR

FHICHEAD.

CEANN.—A' GHAIRM EIFEACHDACH.—Dòigh oibreachaidh an Spioraid innte. Tha e 'dearbhadh òirnn ar peacaidh agus ar truaighe.—CEIST 31.

LEASAN BIOBUILL.

1. Tha e' dearbhadh peacaidh òirnn—gu-h-àraid as-creideamh:—

Agus an uair a thig esan bheir e dearbh shoilleireachd do 'n t-saoghal mu pheacadh agus mu fhìreantach agus mu bhreitheanas: Mu pheacadh, do-bhrìgh nach 'eil iad a' creidsinn ànnam-sa, Eòin xvi. 8, 9.

Agus ar truaigh,—truaigh a bhi fad o Dhia:—

Agus an uair a thàinig e d' a ionnsaidh féin, thubhairt e, cia-lion de luchd-tuarasdail m' Athar-sa aig am beil aran gu-leòir, agus ri a sheachnadh, 'nuair a ta mise a' bàsachadh le gorta? Eiridh mi agus thèid mi dh'-ionnsaidh m' Athar, &c. Eòin. xvii. 17, 18.

Tre 'n LAGH, no leis an LAGH:—

Oir is ànn tre an làgh tha eòlas peacaidh, Rom. iii. 20.

2. Leis A' CHRANN-CHÉUSAIDH:—

Agus dòirtidh mi air tigh Dhaibhidh agus air luchd-àiteachaidh Ierusalem Spiorad nan gràs agus nan àchuingean; agus amh-aircidh iad air-san a 'lot iad agus ni iad caoidh air a shon, mar a chaidheas duine air-son aon mhic: agus bithidh an doilghios air a

shon mar dhoilghios air-son ceud ghin, Sec. xii. 10; *Gnìomh.* ii. 22, 23, 36, 37. (C. 87.)

SALM li. 1—5.

SGRIBTURAN gu 'n léughadh aig an Tigh. Luc. xv. ; Rom. ii. iii.

(An Ràidh Foghair.—An 9-mh Mios.—*September.*)

35. AN CUIGEAMH SABAID DEUG THAR

FHICHEAD.

CEANN.—A' GHAIM EIFEACHDACH. Dòigh oibreachaidh an Spioraid innte.—2. Tha e 'soillseachadh ann an eòlas air Criosd.—CEIST 31.

LEASAN BIOBUILL.

Ann an eòlas air Iosa :—

Bheir esan glòir dhomh-sa, oir gheibh e de mo chuid-sa, agus nochdaidh e dhùibh-se e, *Eòin.* xv. 14; agus xv. 26.

A' fosgladh shùilean na h-inntinn, chum glòir pearsâ Iosâ fhaicinn :—

Uime sin tha mi 'toirt fiôs dùibh nach abair duine sam-bith a tha 'labhairt o Spiorad Dhé gu 'm bell Iosa mallaichte: agus nach urrainn duine sam-bith a ràdh gur e Iosa an Tighearn ach tre an Spicrad 'naomh, 1 Cor. xii. 3.

Oir is e Dia a thubhairt ris an t-solus soillseachadh a' dorchadas, a dhealraich ann ar cridheachaibh-ne, a thoirt soluis eòlais glòire Dhé ann an gnùis Iosâ, 2 Cor. iv. 6; *Mata.* xvi. 16, 17.

A dh'-fhaicinn iomlanâchd oibre Iosâ agus a freagarachd ri féum pheacach :—

Gu 'n tugadh Dia ar Tighearn Iosa Criosd Athair na glòire, Spiorad gliocais agus follseachaidh dhùibh ann an eòlas air-san: Sùilean bhur n-inntinn bhi air an soillseachadh, chum fios a bhi agaibh ciod e dòchas a ghairme-san agus ciod e saobhreas glòire 'oigheachd-san anns na naoimhibh, *Eph.* i. 17, 18; 1 *Eòin*, v. 6.

SALM li. 6—13.

SGRIBTURAN gu 'n léughadh aig an Tigh. Col. i. agus ii. 1—7.

36. AN SEATHAMH SABAID DEUG THAR
FHICHEAD.—AIRIS DA MHIOS.

37. AN SEACHDAMH SABAID DEUG THAR
FHICHEAD.

CEANN.—A' GHAIRM EIFEACHDACH. Dòigh oibreachaidh an Spioraid innte.—3. Tha e ag ath-'nuadhachadh na toile.—CEIST 31.

LEASAN BIOBUILL.

Ath-'nuadhaichidh e an toil :—

Oir is e Dia a dh'-oibriceas annaibh araon an toil agus an gnìomh a-réir a dheadh-gheán féin, Phil. ii. 13.

Bithidh do shluagh ro thoileach ann an là do chumhachd, Salm. cx. 3; *Ier.* xxxi. 18, *roinn dheireanach.*

Ag atharrachadh na toile gu-h-iomlan :—

Uime sin ma tha neach sam-bith ann an Crìosd, is créutair nuadh e : chaidh na seann nithe seach féuch 'rinnneadh na h ùile nithe nuadh, 2 Cor. v. 17.

Bheir mi fòs dhùibh cridhe nuadh agus cuiridh mi Spiorad nuadh 'an taobh a stigh dhìbh : agus buinidh mi air falbh an cridhe cloiche às bhur feòil agus bheir mi dhùibh cridhe feòla, *Esec.* xxxvi. 26, agus 27; *Eph.* iv. 20—24. (C. 87.)

SALM li. 14—crioch.

SGRIBTUR gu 'léughadh aig an Tigh. Gnìomh. xxvi.

38. AN T-OCHDAMH SABAID DEUG THAR
FHICHEAD.

CEANN.—Na Sochairean a tha 'n an toraidhean agus 'n an dearbhaidhean air Aonadh ri Crìosd.

1. FIREANACHADH.

CEIST 32.—Ciod na sochairean a tha iad-san a tha air an gairm gu-h-éifeachdach a' faghail anns a' bheatha so?

Tha iad san a ta air an gairm gu-h-éifeachdach a' faghail anns a' bheatha so, fìreanachaidh, uchd-mhac-âchd agus naomhachaidh ; maille-ris gach sochair éile a ta anns a' bheatha so 'nan cuideachd-san, no 'sruthadh uatha.

CEIST 33.—Ciod e fìreanachadh ?

Is e fìreanachadh gnìomh saor ghràis Dhé anns am beil e 'maitheadh dhuinn ar n-uile pheacanna agus a' gabhail 'ruinn mar fhìreanaibh, 'na fhianuis ; agus sin a-mhàin air sgà fìreantâchd Chrìosd air a meas dhuinn agus air a gabhail h-ugainn le creideamh a-mhàin.

LEASAN BIOBUILL.

1. Is e gràs Dhé tobar na sochaire so :—

Air dhòibh bhí air am fìreanachadh gu-saor, le a ghràs tre an t-saorsa, a ta ann an Iosa Crìosd, Rom. iii. 24.

2. Is i fìreantachd Chrìosd an t-aobhar a ta 'toill-tinn na sochaire so :—

Oir 'rinneadh esan do nach b'aithne peacadh 'n a iobairt-peacaidh air ar son-ne ; chum gu'm bitheamaid air ar deanamh 'n ar fìreantachd Dhé ann-san, 2 Cor. v. 21.

Neach a shònaich Dia 'n a iobairt-réitich, tre chreideamh 'n a 'fhuil, chum 'fhìreantachd fhoillseachadh le maitheanas nam peacaidhean, a chaidh seachad, tre fhad-fhulangas Dhé, Rom. iii 25, 'us 26 ; v. 19.

3. Is e creideamh an instrumaid leis an gabhar pàirt innte :—

Eadhon fìreantachd Dhé tre chreideamh Iosà Crìosd, do na h-uile agus air na h-uile a chreidcas ; oir cha-n'èil eadar-dhealachadh ànn, Rom. iii. 22 ; 'us 21 ; iv. 16 ; v. 1.

Tha iad-san a ta iar an aonadh ri Crìosd a' faighinn MATHANAIS, *Eph.* i. 7—Agus GABHAIL-RIU, *Eph.* i. 6, 11.

SALM CXXX.

SGRIBTUR gu 'léughadh aig an Tigh. Rom. iii.

Ceasnachadh.—Ainmich na trì sochairean àraid a tha muinntear na gairme éifeachaich a' faotainn. Agus ciod tuilleadh? Ciod tha thu a'ciallachadh leis an fhocal *fìreanachadh*?

Ciod an gnìomh a ta ann am fìreanachadh? Ciod tha Dia a' deanamh dhuinn-ne leis a' ghnìomh so? Cia-mar tha e 'gabhail 'ruinn? Co air sgà? Co an f'hireantachd a ta iar a meas dhuinn, no iar a cho-chur ruinn? Cia-mar tha sinne gu gabhail 'rithe? Dearbh do fhreagair o 'n Sgrìobtur.

(An Ràidh Foghair.—An 10-mh Mios.—*October.*)

39. AN NAODHAMH SABAID DEUG THAR FHICHEAD.

CEANN.—Na sochairean a ta 'n an toraidhean agus 'n an dearbhaidhean air Aonadh ri Crìosd.

2. UCHD-MHACACHD.

CRÌST 34.—Ciod e uchd-mhacachd?

Is e uchd-mhacachd, gnìomh saor ghràis Dhé, leis am beil sinn air ar gabhail a-steach 'an àireamh cloinne Dhé: agus a' faghail còir air gach sochair a bhùineas dòibh.

LEASAN BIOBUILL.

1. Is i tobar na sochaire so,—Gràs Dhé:—

A 'roimh-òrduich sinne chum uchd-mhacachd na cloinne tre Iosa Crìosd dhà-fèin a-réir deadh-gheàn a thoile, Eph. i, 5; 1 *Edin* iii. 1.

2. Is e Crìosd a choisinn,—a cheannaich i:—

Ach an uair a thàinig co-'lionadh na h-aimsire, chuir Dia a Mhac fèin uaith, a ghineadh o mhnaoi a 'rinneadh fo 'n làgh, chum gu'n saoradh e iadsan a bhà fo 'n làgh, ionnus gu'm faigheamaid-ne uchd-mhacachd na cloinne, Gal. iv. 4, 5.

3. Is e Creideamh an instrumaid leis an gabhar pàirt innte:—

Oir is sibhse uile mic Dhé tre chreideamh ann an Iosa Crìosd, Gal. iii. 26.

4. Cha 'ruigear air làn mhealtainn na sochaire so gus an tig an aiseirigh :—

A mhuinntear mo ghràidh a-nis is sinne mic Dhé agus cha n'-eil e soilleir fathast ciod a bhitheas sinn ; ach a ta fios againn 'nuair a dh'-fhoillsichear esan ; gu'm bi sinn cosmbuil ris ; oir chì sinn e mar a ta e, 1 Eòin iii. 2 ; *Rom.* viii. 23.

Tha iadsan a ta iar an aonadh ri Criosd—air an gabhail a-steach do theaghlach Dhé, *Rom.* viii. 14. Agus a' faotainn còir air uile shochairibh mhac Dhé ; an 17 ràn,—a' cheud roinn ; *Taisb.* xxi. 7.

LAOIDH LXIII.

SGRIBTUR gu 'leughadh aig an Tigh. *Taisb.* vii.

Ceasnachadh.—Ciod tha thu a' ciallachadh le *Uchd-mhacachd* ? Co an comunn do 'm beil clànn na h-Uchd-mhacachd a' faighinn ? Ciod air am beil còir aca 's an àireamh sin ?

40. AN DA FHICHEADAMH SABAID.—AIRIS RAIDHEIL.

41. AN DA FHICHEADAMH SABAID 'US AON.

CEANN.—Na sochairean a ta 'n an toraidhean agus 'n an dearbhadl ean air Aonadh ri Criosd.

3. NAOMHACHADH.

CEIST 35.—Ciod e Naomhachadh ?

Is e naomhachadh obair saor ghràis Dhé, leis am beil sinn air ar n-ath-'nuadhachadh 's an duine gu h-iomlan, a-réir iomhaigh Dhé, agus air ar deanamh comasach ni's mò agus ni's mò, gu bàsachadh do'n pheacadh, agus gu teachd beò do fhìreantachd.

LEASAN BIOBUILL.

1. Is e saor ghràs Dhé,—tobar na sochaire so :—

Cha n-ànn o oibrìbh fireantáhd a 'rinn sinne, ach a-réir-a thrò-cair féin, shaor e sinn, tre ionnlad na h-ath-ghineamhainn, agus ath-'nuadhachadh an Spioraid 'Naoimh, Tit. iii. 5.

Do-bhrìgh gu'n do thagh Dia sibh o thùs chum slàinte, tre 'naomhachadh an Spioraid agus creidsinn na fìrinn, 2 Tes. ii. 13.

2. Is e an Spiorad Naomh an t-oibrìche leis an com-pàirtichear i do'n anam, — *Tit.* iii. 5 ; 2 *Tes.* ii. 13.

3. Is e aobhar toillteanais na sochaire so,—i bhì ceannaichte le Criosd :—

Leis an toil so tha sinne air ar naomhachadh, tre toirt suas cuirp Chrìòsd aon uair, Eabh. x. 10 ; xiii. 12.

4. Is ànn le creideamh a chompàirtichear de'n t-sochair so :—

A' glanadh an crìdhè le creideamh, Gnìomh. xv. 9.

5. Is e am FOCAL am prìomh mheadhon leis an ruigear oirre :—

A-nistha sibhse glan tre an fhocal a 'labhair mì 'ribh, Eòin xv. 3.

Agus Eisemplear Iosâ :—Mata xi. 29 ; 1 Pead i. 15, 16.

Tha iadsan a ta air an aonadh rì Criosd air an ath-'nuadhachadh 's an duine gu-h-ìomlan a-réir ìomhaigh Dhé, *Gal.* vi. 15 ; *Eph.* iv. 24,—agus air an deanamh comasach na's mò, 's na's mò gu bàsachadh do'n pheacadh,—*Rom.* vi. 6,—agus gu teachd beò do fhìreantachd, *Rom.* vi. 18.

LAOIDH xlvii.

SGRÌOBTUR gu 'leughadh aig an Tìgh. 1 Pead ii.

Ceasnachadh.—Cìod is ciall do'n fhocal *Naomhachadh* ? Cìod an obair a ta ann an Naomhachadh ? Cìod a ta iar a dheanamh dhuinne leis an obair so ? Co ris a ta sinn iar ar deanamh coltach ? Cìod air-son am beil sinn iar ar deanamh comasach ? Co dhà tha sinn a' bàsachadh ? Co dhà tha sinn a' teachd beò ?

42. AN DARA SABAID THAR DA FHICHEAD.

CEANN. — Na Sochairean àraid a ta ANNS A'

BHEATHA so, a' leantainn ri, no 'sruthadh o Fhìreanachadh, Uchdmhacachd agus Naomhachadh.

CEIST 36.—Ciod na sochairean a ta anns a' bheatha so 'an cuid-eachd, no 'sruthadh o fhìreanachadh, uchd-mhacachd agus naomhachadh?

Is iad na sochairean a ta anns a' bheatha so, 'an cuid-eachd no 'sruthadh o fhìreanachadh, uchd-mhacachd agus naomhachadh, dearbh-bheachd air gràdh Dhé, sìth coguis, aoibhneas anns an Spiorad 'Naomh, fàs ann an gràs, agus buanachadh ann gus a' chrìch.

LEASAN BIOBUILL.

1. Is iad na Sochairean sin Toraidhean an Spioraid:—

Ach is e toradh an Spioraid, gràdh, aoibhneas, sìth, fad-fhulangas, caomhalachd, maitheas, creideamh, Gal. v. 22.

2. Tha greim a dheanamh orra sin air àithneadh:—

Uime sin a bhràithre deanaibh tuilleadh dìchill chum bhur gairm agus bhur taghadh a dheanamh cinnteach: oir ma ni sibh na nithe so, cha tuit sibh a-chaidh, 2 Pead. i. 10. *Iob* xxii. 21. *Phil.* iv. 4.

3. Tha ruigsinn orra air a gealltainn dhòibh-san, a bhunaicheas, gu-dìchiollach, ann an céumaibh na h-ùmhlàchd naoimh:—

Ma ghràdhaicheas neach mise, coimhididh e m' fhocal: agus gràdhaichidh m' Athair esan agus thig sinn d' a ionnsaidh agus ni sinn cònuidh maille ris, Eòin xiv. 23. *Salm* cxix. 165.

Dearbh-bheachd air gradh Dhé,—*Rom.* v. 5,—Sìth Coguis, Eòin xiv. 27.—Aoibhneas anns an Spiorad 'Naomh.—*Rom.* xiv. 17.

LAOIDH xliii.

SGRIBTUR gu'n léughadh aig an Tigh. *Salm* xxxii. xxxiv.

Ceasnachadh.—Ciod iad na sochairean a ta 'sruthadh o fhìreant-

achd, uchd-mhacachd agus naombachadh? Ainmich gach aon diùbh fa-leth—agus dearbh iad o'n Sgrìobtur.

(An Ràidh Geamhraidh.—An-11 Mios.—*November.*)

43. AN TREAS SABAID THAR DA FHICHEAD.

CEANN.—Na Sochairean àraid a ta ANNS A' BHEATHA SO, a' leantainn ri, no 'sruthadh o Fhìreanachadh, Uchdmhacachd agus Naombachadh — CEIST 36.

LEASAN BIOBUILL.

1. Is iad na Sochairean sin, toraidbean gràis, eadar-ghuidhê agus spioraid Iosá:—

Cha sibhse a thagh mise ach is mise, a thagh sibhse, agus dh'òrd- uich mi sibh, chum gu'n rachadh sibh, agus gu'n tugadh sibh a- mach toradh, agus gu'm maireadh bhur toradh; chum ge-b'-e ni a dh'-iarras sibh air an Athair ann am ainm-sa, gu'n toir e dhùibh e, Eòin xv. 16; xiv. 16—19 an roinn dheireanach; *Col.* ii. 19.

2. Tha greim a dheanamh orra air 'àithneadh:—

Agus fàsaibh ann an gràs, agus ann an eòlas ar Tighearna agus ar Slànuighir Iosá Criòsd, 2 *Pead.* iii. 18; *Col.* ii. 6; *Iudas* 20, 21.

3. Tha ruigsinn orra, air a gbealltainn do dhìchioll dìleas, ann an meudachadh gràis agus ann an cleachdadh naomhâchd:—

Oir ge-b'-e neach aig am bell, dhà-san bheirear, agus bithidh aige an tuilleadh pailteis, *Mata* xiii. 12.

Agus cumaidh an duine cothromach a shligh; agus gheibh esan a ta glan 'n a làmhaibh tuilleadh neirt, *Iob* xvii. 9; *Eòin* x. 27, 28.

Fàs ann an gràs, *Gnà-fhoc.* iv. 18,—agus buanachadh ann an gràs gus a' chrìch, 1 *Pead* i. 5.

SALM xxiii.

SGRÌOBTUR gu 'léughadh aig an Tigh. *Taisb.* ii.

44. AN CEATHRAMH SABAID THAR DA FHICHEAD.

CEANN.—Na Sochairean a gheibh na Creidmhich o Chrìosd aig A' BHÀS.

CEIST 37.—Ciod na sochairean a tha na creidmhich a' faghail o Chrìosd aig a' bhàs ?

Aig a' bhàs tha anamanan nan creidmheach air an deanamh foirfe, ann an naomhachd, agus air-bàll a' dol chum glòire ; agus a ta an cuirp, air dhòibh bhi sior-cheangailte ri Chrìosd, a' gabhail fois 'n an uaighihh gus an aiseirigh.

LEASAN BIOBUILL.

1. A-thaobh ànamanan nan Creidmheach ; Tha iad air an deanamh foirfe ann an naomhachd :—

Gu làn cho-thional agus eaglais nan ceud-ghin, a tha sgrìobhta anns na nèamhaibh, agus gu Dia breitheamh nan nìle, agus gu spioradaibh nam firean air an deanamh foirfe, Eabh. xii. 23.

Agus tha na Creidmhich air-bàll, a' dol chum glòire :—

Oir tha mi air mo theannachadh eadar dhà nì, air dhomh bhi togarrach air siubhal, agus bhi maille-ri Chrìosd, oir is e so a's ro fherr, Phil i. 23; *Luc.* v. 22; *2 Cor.* v. 1.

2. A-thaobh chorp nan Creidmheach ; Tha iad ceangailte ri Chrìosd :—

Oir is ànn chum so a fhuair Chrìosd bàs agus a dh'-éirich e, agus a tha e beò a-ris, chum gu'm biodh e 'n a Thighearn air na beòthaibh agus air na marbhaibh, Rom. xiv. 9.

Tha cuirp nan Creidmheach A' GABHAIL FOIS 'N AN UAIGHIBH GUS AN AISEIRIGH :—

Is beannaichte na mairbh a gheibh bàs 's an Tighearn á so a-mach ; seadh a ta an spiorad ag ràdh chum gu'm faigh iad fois o 'n saothar agus leanaidh an oibrean iad, Taisb. v. 13, *Isà* lvii 2.

Gabhaidh m' fheadil mar-an-céudna fois ann an dòchas, Salm xvi. 9; *Iob* xix. 26; *1 Tes* iv. 14.

LAOIDH liii.

SGRÌOBTUR gu 'léughadh aig an Tigh. Is fearr do'n chreidmheach là a bhàis na là a bhreith, *Luc.* xvi. 19—crioch.

Ceasnachadh.—Ciod tha tachairt do anamanaibh nan creidmheach aig a' bhàs? Càit am beil iad a' dol air-bàll? Co ris tha an cuirp sìor-cheangailte? Càit am beil iad a' gabhail fois? Cuin a dh'-èireas iad a-rist? Co 'thogas suas iad?

45. AN CULGEAMH SABAID THAR DA FHICHEAD. AIRIS MHIOSAIL.

46. AN SEATHAMH SABAID THAR DA FHICHEAD.

CEANN.—Na Sochairean a gheibh na Creidmhich o Crìosd aig an AISEIRIGH. 1. Togar suas ann an glòir iad.

CEIST 38.—Ciod na sochairean a tha na creidmhich a' faghail o Chrìosd aig an aiseirigh?

Aig an aiseirigh, air do na creidmhich bhi air an togail suas ann an glòir, bithidh iad air an aideachadh gu-follaiseach, agus air an làn-shaoradh aig là a' bhreith-eanais agus air an deanamh uile-bheannaichte ann an Dia a làn-mhealltainn gu-siorruidh.

LEASAN BIOBUILL.

1. Togar suas na Creidmhich LE CUMHACHD AGUS LE SPIORAD IOSA :—

Ach ma tha spiorad an Tì a thog Iosa o na marbhaibh a' gabhail còmhnuidh annaibh, an Tì a thog Crìosd o na marbhaibh, beothaichidh e mar-an-céudna bhur cuirp bhàsmhor-se tre a Spiorad-san a ta còmhnuidh annaibh, Rom. viii. 11. 2 Cor. v. 14; 1 Tes. iv. 14.

Togar suas iad AN-LÒRG AN CEANGAIL RI CRÌOSD :—

Ach a-nis tha Crìosd air éirigh o na marbhaibh agus 'rinneadh an ceud thoradh dhiùbh-san a choidil deth. Oir mar is ànn tre dhuine thàinig am bàs, is ànn tre dhuine thig aiseirigh nam marbh mar-an-céudna, 1 Cor. xv. 20, 21.

2. Togar suas na Creidmhich AIR TUS :—

Oir thig an Tighearn féin a-nuas o nèamh, le àrd-iolach, le guth an àrd-aingil agus le trompaid Dhé : agus éirigh na mairbh ann an Criosd air tùs, 1 Tes. iv. 16.

3. Togar suas ann an GLÒIR iad,—*cosmhuil ri Criosd*:—

A chruth-atharraicheas ar corp diblidh, chum gu'n deanar e co-chosmhuil ri a chorp glòrmhor féin, a-réir an oibreachaidh leis am beil e comasach air na h-uile nithe a chur fo cheannsal féin, Phil. iii. 21. 1 Cor. xv. 42—44, Col. iii. 4.

LAOIDH L.

SGRIBTURAN gu'n léughadh aig an Tigh. Is urrainn Criosd na mairbh a thogail, oir 'rinn e sin, Luc. vii. viii. ; Eòin xi. ; 1 Cor. xv.

Ceasnachadh.—Cia-mar a thogar na creidmhich suas aig an ais-eirigh ? Cia-mar a dh'-aidichear iad ? Co leis a dh'-aidichear iad ? Ciod a nithear dhòibh air là a' bhreitheanais ? Co ànn a ta iad uile-bheannaichte ? Co fad a bhios iad uile-bheannaichte ?

47. AN SEACHDAMH SABAID THAR DA FHICHEAD.

CEANN.—Na Sochairean a gheibh na Creidmhich o Chriosd aig an AISEIRIGH.—2. Aidichear gu-follaiseach iad agus saorar iad air là a' Bhreitheanais.—CEIST 38.

LEASAN BIOBUILL.

1. Anns an là sin, FOILLSICHIDH Criosd am Breitheamh cothromach, GU-FOLLAISEACH, fireanachadh nan Creidmheach :—

O so a-mach taisgear fa mo chomhair crùn f'treantàchd, a bheir an Tighearn am breitheamh cothromach, dhomh anns an là ud : agus cha n-ànn dhomh-sa, a-mhàin, ach dhòibh-san uile mar-an-céudna, leis an ionmhuinn a theachd-san, 2 Tim. iv. 8.

2. Anns an là sin, aidichidh Criosd na Creidmhich GU-FOLLAISEACH :—

Uime sin ge-b'-e dh'-aidicheas mise 'am fianuis dhaoine, aidichidh mise esan mar-an-céudna 'am fianuis m'Athar a ta air nèambh, Mata x. 32.

3. Agus aidichear na Creidmhich mar oighreachan 'an làthair an t-Saoghail gu-léir :—

An sin their an Rìgh riù-san air a dheis, Thigibh a dhaoine beannaichte m' Athar-sa, sealbhaichibh mar oighreachd an rìoghachd a ta air a deasachadh dhùibh o 'leagadh bunait an dòmhnain, Mata xxv. 34.

4. Aidichear na Creidmhich le Crìosd AIR SGA toillteanais a bhàis féin AIR AN SON, agus do-bhrìgh gu'm beil còir aca, ànn-san :—

Agus thubhairt e rium, is iad so iadsan a thàinig á àghar mòr ; agus 'nigh iad an trusgain agus 'rinn iad géal iad ann am fuil an Uain : Uime sin tha iad an làthair rìgh-chaitheach Dhé, agus a' deanamh aoraidh dhà, a-là agus a-dh-oìche 'n a theampull : agus gabaidh an Tì a tha 'n a shuidhe air an rìgh-chaitheir còmhnuidh 'n am measg, Taisb. vii. 14, 15.—Léugh o'n 13 gus an t-17.

5. Aidichear iad A-REIR an gnìomhran, toradh a spioraid FEIN ag oibreachadh ANNTA, *Taisb.* xxii. 12.

LAOIDH liv.

SGRIBTURAN gu'n léughadh aig an Tìgh. Breitheanas an là dheireanaich. Mata xxv. 14—46, agus Taisb. xx. 11—15.

(An Ràidh Geamhraidh.—An 12 Mios.—*December.*)

48. AN T-OCHDAMH SABAID THAR DA FHICHEAD.

CEANN.—Na Sochairean a gheibh na Creidmhich o Chrìosd aig AN AISEIRIGH.—3. Nithear fìor-bheannaichte iad, a' làn-mhealtainn Dhé gu-siorruidh.—CEIST 38.

LEASAN BIOBUILL.

Nithear na Creidmhich fìor-bheannaichte :—

Feuch, tha pàilliu Dhé maille-ri daoinibh agus nì esan cònuidh maille riù agus bithidh iadsan 'n an sluagh dhà agus bithidh Dia féin maille riù, agus 'n a Dhia dhòibh. Agus tiormaichidh Dia gach déur o'n sùilibh, agus cha bhì bàs ànn ni's mò, no bròn, no éighich, agus cha bhì plan ànn ni's mò ; oir chaidh na ceud nithe thairis Taisb. xxi. 3, 4.

1. Bithidh iad beannaichte a' LAN-mhealtainn Dhé :—

Tha lànachd aoibhneis ad' làthair-sa, Salm xvi. 11 ; *Isà.* ix. 19.

2. Chì iad Dia ann an Criosd.—*Taisb.* xxii. 3, 4.

3. Fàsaidh iad ann an eòlàs air Dia, agus ann an fiosrachadh air a ghràs :—

Ann ad' sholus-sa chì sinn solus, Salm xxxvi. 9. 1 *Cor.* xiii. 12.

Oir beathaichidh an t-Uan a tha 'am meadhon na rìgh-chaitheach iad agus treòraichidh e iad gu beò thobraichibh uisge : agus tiormaichidh Dia gach déur o'n sùilibh. *Taisb.* vii. 17. Faic fòs an 16.

4. Fàsaidh iad ann an cosmhalachd ri nàdair Dhé :—

Ach a ta fios againn, 'nuair a dh'-fhoillsichear esan gu'mbì sinn cosmhail ris ; oir chì sinn e mar a ta e, 1 *Eòin.* iii. 2. *Salm* xvii. 15.

5. Bithidh na Creidmhich beannaichte, a' mealtainn Dhé GU-SIORRUIDH :—

Tha mòr shubhachas aig do dheas làimh gu-siorruidh, Salm xvi, 11. *Taisb.* xxii. 5.

LAOIDH LXV.

SGRIBTURAN gu'n léughadh aig an Tigh. An seal-ladh a fhuair Eòin de nèamb,—*luchd-àiteac'aidh, oifig-ean* agus *sòlasan* nèimh, *Taisb.* iv. v. xxi. xxii.

NÒD.—Anns na leasanaibh a leanas, am-feadh tha comas iar a thoirt, gu na cinn air an deachas thairis cheana, airis ach beag gu-léir, a rist, gheibhear na ceistean suidhichte, air dòigh a ta a' dearbh-adh agus a' co chur TEAGAISC NA TRIONAID.—Tha na tecstan, ach aon no dhà, iar an toirt uatha-san a thugadh cheana, anns na leasanaibh roimhe so.

49. AN NAODHAMH SABAID THAR DA
FHICHEAD.

CEANN.—Cha n'èil ànn ach aon Dia—an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomh.

I. A BHITH agus A BHUAIDHEAN.—CEISTEAN 4—7. Eòin iv. 24. Deut. vi. 4, 5. 1 Eòin v. 7. Iob xi. 7. Ecs. xxxiv. 5—7.

II. OIBREAN agus SLIGHEAN DHÉ.—CEIST 8.

1. OIBREAN a' Chruthachaidh.—CEIST 9 agus 10.—Eabh. xi. 3. Eòin i. 3. Gen. i. 1, 2, agus 26, 27.

2. OIBREAN an Fhreasdail.—CEIST 11 agus 12.—Salm ciii. 19. Eabh. i. 3. Esec. i. 20, an roinn dheireanach. Gen. ii. 16, 17.

SALM C. agus DAN iv. 4—6.

SGRIBTURAN gu'n léughadh aig an Tigh. SALM cxlv.—cxlvi.—cxlvii.

50. AN DEICHEAM SABAID THAR DA FHICHEAD
SAORADH PHEACACH.

Obair Dhé an Athar, a' Mhic, agus an Spioraid 'Naoimh, ann an SAORADH PHEACACH.

Ach air tùs,—ionnsaich nach urrainn Saorsa bhí 'n a h-obair NEACH AIR-BITH, ach OBAIR DHÉ.

Tha so dearbhte o'n staid chiontaich agus o'n aingidheachd iomlain anns am beil an cinne-daoine gu-léir, 'n an laidhe, 'thaobh nàdair agus dhroch ghnìomhran.

CEISTEAN 13—19.

Gen. iii. 6—8. Ecles. vii. 29. 1 Eòin iii. 4. Rom. v. 12. Rom. iii. 10. Ier. xvii. 9. Iob xv. 14—16. Isà. lix. 2. Rom. i. 18.

Ann an Saoradh Pheacach o'n staid so, Ma-ta,—thoir fainear, —

I. Obair Dhé—AN ATHAR.

CEIST 20.—(Faic fòs a' cheud roinn de Ceist 33, 34, agus 35. Eph. ii. 4, 5. Rom. viii. 29, 30. Eph. i. 5. 2 Tes. ii. 13.)

LAOIDH lvi. 1—4.

SGRIOBTUR gu 'léughadh aig an Tigh. Rom. iii.

51. AN T-AON SABAID DEUG THAR DA
FHICHEAD.

Ann an Saoradh Pheacach,—Thoir fainear,

II. Obair Dhé—A'Mhic.—Ceistean 20—33.

Isà. lxi. 1. Tha Spiorad an Tighearna Iehòb'ah orm, do-bhrìgh gu'n d'ùng an Tighearn mi a thoirt deadh-sgèil do'n mhacanta, chuir e mi: a cheangal suas lúchd a' chridhè bhrìste, a dh'-éigheachd fuasglaidh do na braighdibh, agus fuasglaidh a' phrìosain dhòibh-san a ta ceangailte.—Agus an 2-ra 's an 3-as rànn de 'n Chaib. so,—Agus Mata xx 28. 1 Pead. iii. 18 Eabh. ix. 24 Gnìomh. v. 31. Phil. ii. 5—11. Marc xiii. 35—37. 2 Pead. iii. 14.

LAOIDH xxxix.

SGRIOBTURAN gu'n léughadh aig an Tigh. Col. i. agus iii.

52. ANDARA SABAID DEUG THAR DA FHICHEAD.

Ann an Saoradh Pheacach—Thoir fainear,

III. Obair Dhé—An Spioraid 'Naoimb.—Ceistean 29—31.

Titus iii. 5, 6. Cha n-ànn o oibribh f'ireantachd a 'rinn sinne, ach a-rèir a thròcair féin shaor e sinn tre ionnlad na h-ath-ghineamhainn agus ath-nuadhachadh an Spioraid 'Naoimb: a dhòirt e òirnn-ne gu-saoibhir, tre Iosa Crìosd ar Slànuighear.—Agus Fòin xvi. 8 9, 13, 14 Esec. xxxvi. 26, 27. Eòin xv. 3. (Faic Ceist 2 3, 89, agus 90.)

A-nis thoir fainear, anns a' cho-dhùnadh, iomlanachd ghlòrmhor na slàinte mòire so.—Ceist 22—38.

Eph. i. 6, 7. Rom. viii. 14, 17. 1 Pead. ii. 9, 10 (Faic a' cheud roinn de Ceist 1.) Gal. v. 22. Iob xvii. 8. 2 Cor. vi. 1. Phil. iii. 20, 21. Mata xxv. 34. Isà. lx. 19. (Faic an dara roinn de Ceist 1.) Taisb. xxv. 4, 5.

LAOIDH lvi. 5—crioch.

SGRIBTURAN gu'n léughadh aig an Tigh. Eòin. iii. 1—21. Mata xxv. 14—30.

SOILLEIREACHADH.

Focail ath-leasaichte, agus Comharan Féumail, anns an obair so, ag àrdachadh na Càinntè luachmhoire so, agus a' tredrachadh an léughadair gu h-ionnsachadh gu-snasmhor,—mar thigeadh do gach SGOILEAR GAELACH a dheanamh :—

àghar <i>air-son,</i>	ambghar, <i>tribulation.</i>
airis, <i>air-son,</i>	aithris, <i>repeat ; revisal.</i>
càit, <i>air-son,</i>	co àit, <i>no c'ait, where.</i>
carson, <i>air-son,</i>	co air-son, <i>c'arson, why, &c.</i>
comfurtair, <i>air-son,</i>	comhfhurtair, <i>comforter.</i>
còdnadh, <i>air-son,</i>	còmhnadh, <i>help.</i>
cuin, <i>air-son,</i>	co ùin, <i>no c'uin, when.</i>
cùine, <i>air-son,</i>	cùimhne, <i>remembrance.</i>
teagasgair, <i>air-son,</i>	fear-teàgaisg, <i>teacher.</i>
'n an, <i>air-son,</i>	'nan <i>in their ; bho ann an.</i>

'n a ; *gu-tric air-son 'na ; in his, in hers, or in its ; gioraichte bho ann a.*

Tecst, *air-son,* bònn-teagasg, no stéidh.theagasg, *text.*

(^o) comhar a' chair *ghintich* 'nuair tha, e 'dùnadh co-ionan ris an Ainmeach.

(⁻) a' tàthadh no 'nasgadh smidean ri-chéile ; mar *gu-glic,* wisely ; *ciod-air-bith,* whatsoever.

'l, 'n, 'r, *air-son lh, nh, rh,* leis an spiorad shéidcach (^o) 'nuair tha fuaím séidicht' aca sin.

SEARMONAN IOSA.

THE DISCOURSES OF JESUS.

TEAGASG.	AITEAN.	CAIB.
Còradh ri Nicodemus, - -	Ierusalem,	Eòin. iii. 1—21.
Còradh ri Mnaoi Shamaria.	Sichar,	Eòin. iv. 1—42.
Teagasg ann an Sionagog Nasarèt,	Nasaret,	Luc. iv. 16—31.
An t-Searmon air a' Bhèinn,	Nasaret,	Mata. v.—vii.
Teagasg do na h-Abstolaibh,	Galile,	Mata. x.
Bagradh an-aghaidh Chorasìn, & ce.	Galile,	Mata. xi. 20—24.
Searmon air slànachadh an duine bhac- aich aig Betesda, - -	Ierusalem,	Eòin. v.
Searmon mu na deisciobuil a' buain dhìasan arbhair air an t-Sàbaid,	Iudea,	Mata. xii. 1—8.
Dearbhadh nach ànn tre Bheelsebub, a bha e 'g oibreachadh mhiorbhuilean,	Capernaum,	Mata. xii. 22—37.
Searmon air aran na Beatha, -	Capernaum,	Eòin. vii.
Searmon mu'n chridhe ghlan, -	Capernaum,	Mata. xv. 1—20.
Sermon an-aghaidh toirt agus gabhail oilbheim, agus mu mhaitheadh chiontan, - -	Capernaum,	Mata. xviii.
Searmon air àm glacaidh na mnà 'an adhalthannas, - -	Ierusalem,	Eòin. viii. 1—11.
Searmon mu na caoraich, -	Ierusalem,	Eòin. x.
Bagraidhean an-aghaidh nan Sgrìobh- aichean 's nam Phairiseach,	Peraea,	Luc. xi. 29—36.
Searmon mu irioslachd 's mu ghliocas,	Galile,	Luc. xiv. 7—14.
Seòlaidhean chum faighinn do nèamh,	Peraea,	Mata. xix. 16—30.
Roimh-innseadh sgrìòs Ierusalem,	Ierusalem,	Mata. xxiv.
An t-searmon shòlasach, -	Ierusalem,	Eòin. xiv.—xvii.
Searmon mar chaidh e do Ghetsemane,	Ierusalem,	Mata. xxvi. 31-36.
Searmon do na deisciobuil roimh a dhol suas gu nèamh, - - -	Ierusalem,	Mata. xxviii. 16-23.

COSAMHLACHDAN IOSA.

THE PARABLES OF JESUS.

COSAMHLACHD.	AITEAN.	CAIB.
An Sioladair, (Searmonaiche,)	Capernaum,	Mata. xiii. 1—23.
An cogal, (siol an droch spioraid,)	Capernaum,	Mata. xiii. 24—30.
An siol a' fàs suas gu-neo-thalch- sinneach,	Capernaum,	Marc. iv. 26—29.

COSAMHLACHD.	AITEAN.	CAIB.
An gràinne mustaird, -	Capernaum,	Mata. xii. 31, 32.
An Taois, (<i>Eaglais an t-Soisgeil</i>),	Capernaum,	Mata. xiii. 33.
An t-ionmhas iar fhaotainn -	Capernaum,	Mata. xiii. 44.
An neamhnaid luachmhor, -	Capernaum,	Mata. xiii. 45 46.
An dà fhéichear, -	Capernaum,	Luc. vii. 36—50.
An seirbhiseach neo-thròcaireach,	Capernaum,	Mata. viii. 23—35.
An Samaritanach math, -	Fagus do Iericho,	Luc. x. 25—37.
An t-amadan saoi bhir, -	Galile,	Luc. xii. 16—21.
An crànn-fige neo-thorach, -	Galile,	Luc. xiii. 6—9.
A' chaora chailte, -	Galile,	Luc. xv. 3—7.
Am bonn airgid cailte, -	Galile,	Luc. xv. 8—10.
Am Mac Struidheil, -	Galile,	Luc. xv. 11—32.
An Stiùbhard éucorach, -	Galile,	Luc. xvi. 1—12.
An duine saoi bhir 'us Làsarus -	Galile,	Luc. xvi. 19—31.
Am breitheamh éucorach, -	Peraea,	Luc. xviii. 1—8.
Am Phairiseach 's an Cìs-mhaor, -	Peraea,	Luc. xviii. 9—14.
An luchd-oibre annsa' ghàradh fhìona,	Peraea,	Mata. xx. 1—16.
Na pùinnid airgid, -	Iericho.	Luc. xix. 12—27.
An dà mhac, -	Ierusalem,	Mata. xxi. 28—32.
Am fion-lios, -	Ierusalem,	Mata. xxi. 33—46.
A' bhànais-phòsaidh, -	Ierusalem,	Mata. xxii. 1—14.
Na deich òighean, -	Ierusalem,	Mata. xxv. 1—13.
Na tàlanntan, -	Ierusalem,	Mata. xxv. 14—30.
Na caoraich 's na gobhair, -	Ierusalem,	Mata. xxv. 31—46.

MIORBHUILEAN IOSA.

THE MIRACLES OF JESUS.

MIORBHUIL.	AITEAN.	CAIB.
Tionndadh an uisge gu fion, -	Cana,	Eòin ii. 1—11.
Slànachadh mic an duine chumhachd- aich ann an Capernaum, -	Cana,	Eòin iv. 46—64.
Slànachadh aoin 's an robh deamhan,	Capernaum,	Marc. i. 22—28.
Slànachadh màthar-chéile Pheadair o fhiabhras, -	Capernaum,	Marc. i. 30, 31.
Slànachadh an lobhair, -	Capernaum,	Marc. i. 40—45.
Slànachadh òglaich a' Chaiptein cheud,	Capernaum,	Mata. viii. 5—13.
Togail mic na bàntaich, -	Nain,	Luc. vii. 11—17.
Ciùineachadh na doinionn, -	Muir Ghalile,	Mata. viii. 23—27.
Slànachadh nan daoine 's an robh na deamhain 'an Gadara, -	Gadara,	Mata. viii. 28—34.
Slànachadh duine bho'n phairilis,	Capernaum,	Mata. ix. 1—8.
Aisgeadh nighinn Iairuis gu beatha,	Capernaum,	Mata. ix. 18, &c.
Slànachadh na mnà air an robh dòrt- adh-foila, -	Capernaum,	Luc. viii. 43—48.

MÌORBHUIL.	AITEAN.	CAIB
Aisigeadh dithis dhàll gu 'n léirsinn,	Capernaum,	Mata. ix. 27—31.
Slànachadh aoin aig an robh spiorad balbh,	Capernaum,	Mata. ix. 32, 33.
Slànachadh an duine aig an robh lamb sheargte,	Iudea,	Mata. xii. 10—13.
Beathachadh nan cuig mìle gu-mìorbhuileach,	Decapolis,	Mata. xiv. 15—21.
Slànachadh nighinn na bana-Chan-àanaich,	Fagus do Thirus,	Mata. xv. 22—28.
Slànachadh duine 'bha balbh agus bodhar,	Decapolis,	Marc. vii. 31—37.
Beathachadh nan ceithir mìle gu-mìorbhuileach,	Decapolis,	Mata. xv. 32—39.
Léirsinn do dhuine dàll,	Betsaida,	Marc. xiii. 22—26.
Slànachadh balachain aig an robh deamhan,	Tàbor,	Mata. xvii. 14—21.
Aisigeadh gu léirsinn, duin' a 'rugadh dall,	Ierusalem,	Eòin ix.
Slànachadh na mnà fo anmhuinneachd rè ochd bliadhna deug.	Galile,	Luc. xiii. 11—17.
Slànachadh aoin air an robh a' mheud-bhronn, (<i>dropsy</i>),	Galile,	Luc. xiv. 1—6.
Glánadh nan deich lobhar,	Samaria,	Luc. xvii. 11—19.
Togail Làsaruis o na mairbh,	Betani,	Eòin xi.
Seargadh a' chrainn-fhige,	Olibhet,	Mata. xxi. 18—22.
Slànachadh cluaise Mhalcuis,	Getsemane,	Luc. xxii. 50, 51.
Tarruing mhòr éisg,	Muir Ghalile,	Eòin. xxi. 1—14.

A' CHRIOCH.

DUNÉDIN,—*Clo-bhuailte le JAIN M'THOMAS.*





GAELIC BOOKS

PUBLISHED BY

MACLACHLAN, STEWART, & CO.,
EDINBURGH.

Just Published,

Blair's Elegy on Mr. Kennedy of Redcastle,	0s. 4d.
Buchanan (Dugald) of Rannach's Life and Con- version, with his Hymns,	2s. 0s.
——— Hymns Separately,	0s. 3d.
Bunyan's Come and Welcome,	2s. 0s.
——— Visions of Heaven and Hell,	1s. 6d.
The Doctrine and Manner of the Church of Rome; with a Dialogue between the Pope and Reformation, by Duncan Loudon.	0s. 4d.
M'Alpin's Gaelic Dictionary, <i>New Edit.</i>	6s. 0s.

In the Press,

Dyer's Christ's Famous Titles.	
Baxter's Call to the Unconverted.	
Boston's Crook in the Lot.	
Bunyan's Grace Abounding.	
——— Pilgrim's Progress, (<i>Complete in three Parts.</i>)	
A New Gaelic-English and English-Gaelic Dictionary, on an Improved Plan.	